

## Còd Obrachaidh

**Ann an dàimh ri cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh agus ri dreuchdan dhaoine clàraichte**

**Iris 28 Gearran 2011**

**Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh a' Chòd Obrachaidh:  
Cuiribh fios chun Loidhne-taic againn air 0870 609 6006,  
Cuiribh post-d thugainn aig [info@disclosurescotland.co.uk](mailto:info@disclosurescotland.co.uk), no  
Tadhalaibh air an làrach-lìn againn aig [www.disclosurescotland.co.uk](http://www.disclosurescotland.co.uk).  
Gheibhear an Còd Obrachaidh bhon làrach-lìn.**

Chaidh an Còd Obrachaidh seo (SG/2011/18) fhoillseachadh, a chur sìos agus thàinig e gu buil air 28 Gearran 2011, an ceann-là brioghmhor a thòisich Achd Dion Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007 agus an latha a thòisich Sgeama Dion Bhuidhnean So-leònte, agus bhon latha sin a-mach tha e an àite a' Chòd Obrachaidh a chaidh a chur sìos air 24 Iuchar 2007 (SE/2007/149).

| Paragraf  | Susbaint   | Duilleag |
|---|--|----------|
| <b>Ro-ràdh</b>  |  |          |
| 1 gu 5  | Ro-ràdh  | 1        |
| 6 gu 8  | Adhbhar a' Chòd Obrachaidh   | 1        |
| 9   | Mineachadh a' Chòd   | 2        |
| 10  | Cò a dh'fheumas gabhail ris a' Chòd?   | 3        |
| 11 gu 17  | Foillseachadh Alba   | 3        |
| 18 gu 30  | Seòrsan Teisteanasan Foillseachaidh – a chuirear a-mach fo Achd 1997                             | 4        |
| 31 gu 45  | Seòrsan Clàran Foillseachaidh – a chuirear a-mach fo Achd 2007                                   | 5        |
| <b>Clàradh</b>  |  |          |
| 46 gu 50  | Cò is urrainn clàradh iarraidh fo earrann 120 de Achd 1997?                                      | 7        |
| 51 gu 54  | Daoine clàraichte an sàs às leth cuid eile – “as sàs mar bhuidheann sgàileig”                    | 8        |
| 55 agus 56  | Buidheann Clàrachaidh Nàiseanta an Alba  | 9        |
| 57 gu 63  | An Clàr fo Achd 1997   | 9        |
| 64  | Mar a nithear tagradh airson clàraidh  | 11       |
| 65  | Dearbh-aithne  | 11       |
| 66 gu 71  | Prìomh Ainmean-sgrìobhte do bhuidhnean corporra agus neo-chorporra                               | 11       |
| <b>Dleastanasan a thaobh cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh</b>          |  |          |
| 72 gu 79  | Cleachdadh cothromach air fiosrachadh foillseachaidh   | 12       |
| 80 gu 92  | A' làimhseachadh fiosrachadh foillseachaidh  | 13       |
| 93 gu 97  | Dearbhachd is sgrùdadh   | 14       |
| <b>Dearbh-aithne</b>  |  |          |
| 98 gu 101   | Dearbh-aithne neach fa leth  | 15       |
| 102 gu 107  | Daoine fa leth a rugadh taobh a-muigh na RA no a tha air a bhith a' fuireach taobh a-muigh na RA | 16       |
| <b>Beachdachadh air fiosrachadh a tha taobh a-staigh fhoillseachaidhean</b> |  |          |
| 108 agus 109  | Feartan don toirear suim ann a bhith a' beachdachadh air fiosrachadh foillseachaidh              | 16       |
| 110 gu 112  | Dligheachas fhoillseachaidhean   | 17       |
| 113   | Connspaidean   | 17       |
| <b>A' toirt clàradh gu crìch</b>  |  |          |
| 114 gu 116  | Iarratas bho neach clàraichte no co-ainm sgrìobhte airson a thoirt bhon chlàr                    | 18       |
| 117 gu 121  | Foillseachadh Alba a' toirt air falbh neach clàraichte bhon chlàr                                | 18       |
| 122 gu 134  | Daoine air am meas neo-iomchaidh airson fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn                     | 19       |
| 135 gu 140  | Diùltadh gabhail ris na dleastanasan a tha sa Chòd agus 's na Riaghailtean Clàraidh              | 20       |
| 141   | Foillseachaidhean air chall  | 21       |
| <br>  |  |          |
| PÀIPEAR-TAICE A:  | Achd Ath-ghnàthachaidh Eucoirich 1974 – Dealbh mu Bhriathran                                     | 22       |
| PÀIPEAR-TAICE B:  | Eucoirean: Achd a' Phoileis 1997   | 23       |
| PÀIPEAR-TAICE C:  | Eucoirean: Achd Dìon Bhuidhnean So-leònte (Alba) Act 2007  | 25       |

## Ro-ràdh

### Ro-ràdh

1. Tha an Còd Obrachaidh seo (“an Còd”) ga fhoillseachadh le Ministearan na h-Alba fo Earrann 122<sup>1</sup> Pàirt V de dh’Achd a’ Phoileis 1997 (“Achd 1997”) co-cheangailte ri cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh a bheirear do dhaoine clàraichte agus le bhith a’ cur an gnìomh dleastanasan sam bith a tha air daoine clàraichte fon Achd sin. Faodaran Còd atharrachadh bho àm gu àm.

2. Tha an Còd ag aithneachadh dhleastanasan a dh’fheumas daoine clàraichte no neach ainmichte duine clàraichte (ris an canar “co-ainm sgrìobhte”) agus luchd-gabhail fiosrachaidh foillseachaidh eile a choileanadh. Mura tèid gabhail ris a’ Chòd, faodaidh Ministearan na h-Alba diùltadh foillseachaidhean a thoirt seachad. Ma tha Ministearan na h-Alba a’ creidsinn gu bheil neach clàraichte, co-ainm sgrìobhte no cuideigin às leth na chur neach clàraichte no co-ainm sgrìobhte tagradh a-steach no a rinn dearbhadh no iarratas foillseachaidh, agus nach do chùm ris a’ Chòd, faodaidh iad an neach sin a thoirt bhon chlàr no cumhachan a stèidheachadh orra a thaobh iad a bhith a’ leantainn air a’ chlàr.

3. A thaobh fiosrachadh foillseachaidh, feumaidh daoine clàraichte is co-ainmean sgrìobhte gach ceum reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun cùm iadsan don toir iad an fhiosrachadh ris a’ Chòd. Ma tha iad an sàs às leth cuid eile bu chòir dhaibh na pròiseasan a tha stèidhichte a mhìneachadh gus dèanamh cinnteach gun cùm an fheadhainn a tha a’ faighinn fiosrachadh bhuapa ris a’ Chòd.

4. Mar sin, feumaidh luchd-clàraichte a tha a’ cur an ainm ri tagraidhean foillseachaidh no ri iarrtasan às leth buidhnean eile tomhas de dh’eòlas a bhith aca mun bhuidheann a tha a’ tabhann na dreuchd no na h-obrach riaghlaidhean agus mu nàdar na dreuchd no na h-obrach riaghlaidhean iomchaidh. Bu chòir an neach clàraichte a tha an sàs às leth buidhnean nach eil clàraichte le Foillseachadh Alba innse dha na buidhnean sin mu chumhachan a’ Chòd agus na toraidhean a thig mura tèid cumail ris a’ Chòd. Bu chòir do dhaoine clàraichte a tha an sàs às leth buidhnean geallaidhean sgrìobhte iarraidh bho na buidhnean sin gu bheil iad a’ gabhail ris a’ Chòd. Bhiodh e reusanta cuideachd, ann an cuid de shuidheachaidhean, do dhaoine clàraichte tadhal air na buidhnean sin gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a’ cumail ris a’ Chòd.

5. Ma tha adhbhar aig neach clàraichte creidsinn nach eil an leithid de bhuidheann a’ cumail ris a’ Chòd, bu chòir dha sa bhad sin innse do Fhoillseachadh Alba.

### Adhbhar a’ Chòd Obrachaidh

6. Tha e na amas dhan Chòd:

- dèanamh cinnteach gu bheil iad a’ cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh a chaidh a chur a-mach le Foillseachadh Alba gu daoine clàraichte a’ toirt a-steach co-ainmean sgrìobhte, gu ceart is gu cothromach leis an fheadhainn aig a bheil còir an fhiosrachadh sin fhaighinn;
- gealltanais a thoirt seachad dha na daoine sin fa leth a rinn tagradh aon chuid airson Foillseachadh Coitcheann no Foillseachadh Meudaichte fo Achd 1997 no a rinn iarratas foillseachaidh fo Achd Dìon Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007 (“Achd 2007”) gun tèid fiosrachadh foillseachaidh a chleachdadh gu ceart is gu cothromach le daoine aig a bheil còir an fhiosrachadh sin fhaighinn; agus
- dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh foillseachaidh air a làimhseachadh agus air a stòradh gu h-iomchaidh agus nach eilear ga chumail nas fhaide na tha riatanach airson an adhbhar a chaidh iarraidh agus às dèidh sin cuidhteas fhaighinn dheth a chur a-mach le cùram.

<sup>1</sup> Mar a chaidh atharrachadh le earrann 70(7) de Achd Ceartas Eucoir (Alba) 2003.

7. Is ann mu na leanas a tha na dleastanasan mu bhith a' cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh ris am feum luchd-gabhail fiosrachadh foillseachaidh cumail:

- na dh'fheumas luchd clàraichte agus co-ainmean sgrìobhte a tha a' cur an ainmean ri tagraidhean no a' dearbhadh air iarrtasan foillseachaidh, a dhèanamh;
- a bhith a' cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh gu cothromach;
- a bhith a' làimhseachadh fiosrachaidh; agus
- dearbhachd is sgrùdadh.

8. Tha an Còd a' stèidheachadh mar is urrainn dhaibhsan a tha a' faighinn fiosrachadh foillseachaidh na dleastanasan a tha orra a choileanadh a thaobh tagraidhean fo Achd 1997 agus a thaobh iarrtasan foillseachaidh Sgeama PVG fo Achd 2007.

### Mìneachadh a' Chòd

9. Tha am paragraf seo a' stèidheachadh na tha diofar fhaclan is abairtean a thathar a' cleachdadh anns a' Chòd a' ciallachadh:

“Achd 1974” a' ciallachadh Achd Ath-ghnàthachaidh Eucoirich 1974 – tha Pàipear-taice A a' stèidheachadh mion-fhiosrachadh Achd 1974 agus fiosrachadh mu bhith a' foighneachd cheistean saora;

“Achd 1997” a' ciallachadh Achd a' Phoileis 1997 anns a bheil briathran aig Pàirt V mu theisteanasan clàraidh eucoir;

“Achd 2007” a' ciallachadh Achd Dion Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007 anns a bheil briathran a thaobh foillseachaidhean co-cheangailte ri obair riaghlaichte;

“co-ainm sgrìobhte” a' ciallachadh neach a tha air ainmeachadh le buidheann corporra no neo-chorporra no neach-dreuchd reachdail a tha ùghdarraichte gus a dhol an sàs às leth na buidhne sin no an neach sin co-cheangailte ri bhith a' co-ainm sgrìobhadh thagraidhean airson Foillseachaidhean Coitcheann no Meudaichte no bhith a' dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh PVG;

“a' co-ainm sgrìobhadh tagradh” a' ciallachadh a bhith a' co-ainm sgrìobhadh thagraidhean airson Foillseachaidhean Coitcheann is Meudaichte no bhith a' dearbhadh co-cheangailte ri iarrtasan foillseachaidh PVG;

“fiosrachadh foillseachaidh” a' ciallachadh fiosrachadh a thathar a' toirt seachad do neach clàraichte no co-ainm sgrìobhte le Foillseachadh Alba agus tha taobh a-staigh, no air a chur còmhla ris, na leanas:

- teisteanasan clàraidh eucoir air an cur a-mach fo earrann 113A<sup>2</sup> de Achd 1997 (air ainmeachadh sa Chòd seo mar “Foillseachadh Coitcheann”);
- teisteanasan clàraidh eucoir meudaichte air an cur a-mach fo earrann 113B<sup>2</sup> de Achd 1997 (a' toirt a-steach fiosrachadh air a chur a-mach le feachdan poileis iomchaidh<sup>3</sup> fo earrann 113B(5) de Achd 1997) (air ainmeachadh sa Chòd seo mar “Foillseachadh Meudaichte”);
- clàran sgeama air am foillseachadh fo earrann 52 de Achd 2007 (air ainmeachadh sa Chòd seo mar “Clàr Sgeama”);
- clàran sgeama goirid air am foillseachadh fo earrann 53 de Achd 2007 (air ainmeachadh sa Chòd seo mar “Ùrachadh Clàr Sgeama”);

“ceist saor” a' ciallachadh cur ceist air neach fa leth a thaobh ditidhean air an caitheamh ann an suidheachadh far an deach a' bhuidhne àbhaisteach aig Achd 1974 ('s e sin, ma chaidh dìteadh a chaitheamh nach fheumar innse) a shaoradh le Òrdugh a rinnear le Ministearan na h-Alba;

<sup>2</sup> Earrannan 113 agus 115 de Achd 1997 a chaidh an ais-ghairm le earrann 163(1) de Achd Droch Eucoir Eagraichte is Poileis 2005. Earrann 163(2) de Achd Droch Eucoir Eagraichte is Poileis 2005 a chur earrannan 113A is 113B do Achd 1997.

<sup>3</sup> “Feachd poileis iomchaidh” a' ciallachadh na feachdan sin air an ainmeachadh le riaghailt 8 de Achd a' Phoileis 1997 (Clàran Eucoir) (Alba) Riaghailtean 2010 (SSI 2010/168).

“prìomh ainm-sgrìobhte” a’ ciallachadh an neach a chuireas ainm ri tagradh clàraidh agus a thèid an sàs às leth buidheann corporra no neo-chorporra;

“buidheann sgàileig” a’ ciallachadh buidheann clàraichte fo earrann 120 de Achd 1997 agus a bhios a’ co-ainm sgrìobhadh thagraidhean foillseachaidh airson Foillseachaidhean Coitcheann no Meudaichte no a bhios a’ dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh PVG airson aon chuid Clàr Sgeama no Ùrachadh Clàr Sgeama às dèidh iarrtasan bho bhuidhnean no dhaoine fa leth nach eil iad fhèin clàraichte le Foillseachadh Alba ach a dh’fhaodas a’ cheist saor fhoighneachd.

### Cò a dh’fheumas gabhail ris a’ Chòd?

**10.** Tha an Còd a’ buntainn ri cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh a chaidh a thoirt seachad do neach clàraichte le Foillseachadh Alba. Mar sin, tha na briathran aige cuideachd a’ buntainn ri luchd-gabhail eile aig a bheil còir an lethid de dh’fhiosrachadh foillseachaidh fhaighinn bhon neach clàraichte. Cha eil e a’ buntainn ris an neach fa leth mu bheil an fhiosrachadh foillseachaidh agus a gheibh am foillseachadh cuideachd bho Foillseachadh Alba. Tha sin ri ràdh gu feum na daoine a leanas cumail ris a’ Chòd:

- neach sam bith a tha clàraichte fo earrann 120<sup>4</sup> de dh’Achd 1997, a’ toirt a-steach bhuidhnean corporra is neo-chorporra, luchd-dreuchd reachdail is bhuidhnean sgàileag;
- luchd-obrach no riochdairean dhaoine clàraichte a chaidh an ainmeachadh le buidhnean corporra agus neo-chorporra agus luchd-dreuchd reachdail airson adhbharan cur an ainm ri tagraidhean co-ainm sgrìobhte no bhith a’ dearbhadh PVG co-cheangailte ri iarrtasan foillseachaidh às an leth (air an ainmeachadh mar “co-ainmean sgrìobhte”); agus
- buidhnean no daoine fa leth mun do rinn neach clàraichte tagradh co-ainm sgrìobhte no dearbhadh PVG a thaobh fiosrachadh foillseachaidh.

### Foillseachadh Alba

**11.** Bidh Foillseachadh Alba a’ coileanadh dhleastanasan Mhinistearan na h-Alba fo Achd 1997 agus Achd 2007 a thaobh cur a-mach fhoillseachaidhean a’ toirt taic do cho-dhùnaidhean fastaidh is cur an dreuchd, agus airson cuid de dhleastanasan clàraidh is ceadachaidh.

**12.** Tha Achd 1997 a’ ceadachadh trì teisteanasan a chur a-mach: “Foillseachadh Bunaitich”, “Foillseachadh Coitcheann” agus “Foillseachadh Meudaichte”. Tha Achd 2007 a’ ceadachadh trì clàran foillseachaidh a chur a-mach: “Clàr Sgeama”, “Ùrachadh Clàr Sgeama” agus “Aithris Ballrachd Sgeama”.

**13.** Thèid tagraidhean no iarrtasan foillseachaidh a thòiseachadh leis an neach ris a bheil am foillseachadh a’ buntainn. Mar as trice, bidh seo a rèir iarratais bho luchd-fastaidh, buidhnean saor-thoileach no ceadachaidh no buidhnean riaghlaidh oir bidh iad airson cho mòr de dh’fhiosrachadh ’s as urrainn dhaibh a thional a thaobh neach fa leth agus cleachdaidh riaghlaidhean fiosrachadh foillseachaidh mar phàirt den phròiseas measaidh. Faodaidh seo buntainn ri gach cuid luchd-obrach a’ feitheamh ri dreuchd agus iadsan a tha nan dreuchd.

**14.** Tha Achd 2007 cuideachd a’ cur riathanas air buidhnean dèanamh cinnteach nach eil neach dha bheil iad an dùil dreuchd a thabhann ann an obair riaghlaidhean air a chasg bho bhith na neach-obrach iomchaidh. Bidh buidhnean a’ briseadh an lagh ma bhios iad a’ tabhann obair riaghlaidhean do neach a chaidh a chasg bho bhith na neach-obrach iomchaidh. Is e an aon dòigh anns an urrainn buidheann faighinn a-mach a bheir neach air a chasg, a bhith ag iarraidh air iarratas foillseachaidh a chur a-steach fo Achd 2007. Mus urrainn do neach iarratas foillseachaidh a chur a-steach fo Achd 2007, feumaidh an neach tagradh a chur a-steach gus a bhith na bhall, no a bhith na bhall mar-thà de Sgeama PVG.

**15.** Chan eil Achd 1997 no Achd 2007 a’ cur uallach air duine sam bith tagradh no iarratas foillseachaidh a chur a-steach ma chaidh iarraidh orra sin a dhèanamh le neach-fastaidh no duine sam bith eile.

<sup>4</sup> Mar a chaidh atharrachadh le earrann 70(7) de Achd Ceartas Eucoir (Alba) 2003 agus Clàr 4, paragraf 39 de Achd Dìon Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007.

16. Le bhith a' cleachdadh Foillseachadh Alba, chan eil sin a' cur an àite na làn-dhearbhaidhean farsaing ro-fhastaidh agus fastaidh a bu chòir luchd-fastaidh a dhèanamh. A thaobh gach cuid Achd 1997 agus Achd 2007, chan e an fhiosrachadh a tha air an teisteanas no air a' chlàr ris am bu chòir neach-fastaidh aire a thoirt a thaobh co-dhùnaidh.

17. Dh'fhaodadh gum biodh fiosrachadh sgrùdaidh a tha clàraichte san RA a bhith air na teisteanasan foillseachaidh (Achd 1997) agus Clàran Sgeama (Achd 2007) a chuirear a-mach le Foillseachadh Alba no canaidh iad nach eil an leithid de dh'fhiosrachadh air a chumail.

## Seòrsan Teisteanasan Foillseachaidh – a chuirear a-mach fo Achd 1997

### Foillseachadh Bunaiteach

18. **Am Foillseachadh Bunaiteach.** Faodaidh neach sam bith tagradh a chur a-steach airson Foillseachadh Bunaiteach mun deidhinn fhèin agus cuirear seo a-mach don neach, ma gheibhear dearbhadh air cò iad agus gun deach a' chosgais iomchaidh a phàigheadh. Chan fheum neach clàraichte ainm a chur ris an tagradh. Cuirear aon theisteanas a-mach. Thèid seo, sa chumantas, a chur gu seòladh dachaigh an neach, ach, le cead sgrìobhte bhon neach, faodar an teisteanas a chur gu seòladh eile, mar eisimpleir, neach-fastaidh ùr.

19. Anns an Fhoillseachadh Bunaiteach gheibhear:

- dìtidhean nach deach an caitheamh a tha air clàran meadhain san RA no a chanas nach eil an leithid de dhìtidhean ann; agus
- a bheil no nach eil an neach air clàr eucoirean feise<sup>5</sup>.

### Foillseachadh Coitcheann

20. **Tha am Foillseachadh Coitcheann** ri fhaighinn co-cheangailte ri dreuchdan airson am faodar ceist shaor fhoighneachd. 'S iad sin na dreuchdan a tha air an cumail a-mach agus air an saoradh bho bhuidhean Achd 1974 le òrdugh a rinnear fon Achd sin (gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann am Pàipear-taice A mu bhith a' foighneachd cheistean saora). Ann an Alba, 's e an òrdugh iomchaidh Òrdugh (Cumail a-mach is Saor) 2003 fo Achd Ath-ghnàthachaidh Eucoirich 1974 (SSI 2003/231) (mar a chaidh atharrachadh) ("Òrdugh 2003"). Tha am Foillseachadh Coitcheann, às dèidh a' chosgais iomchaidh a phàigheadh, ri fhaighinn le daoine fa leth far an do chuir neach clàraichte ainm ris an tagradh. A bharrachd air an teisteanas a chur a-mach chun neach fa leth, bidh Foillseachadh Alba a' cur teisteanas a-mach chun neach a chur ainm ris an tagradh.

21. Feumaidh daoine clàraichte a chur an ainm ri tagraidhean Foillseachadh Coitcheann airson na h-adhbharan aca fhèin a bhith riarachaidh gu bheil còir aca fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn tron chomas a th' aca ceistean saora fhoighneachd.

22. Ma tha buidheann sgàileig an sàs às leth bhuidhean no dhaoine fa leth nach eil clàraichte fo earrann 120 de Achd 1997, feumaidh iad a bhith riarachaidh gu bheil còir aig an fheadhainn a tha iad a' riochdachadh le bhith a' cur an ainm ri tagraidhean fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn tron chomas a tha aig a' bhuidheann sin no an neach sin ceistean saora fhoighneachd.

23. Anns an Fhoillseachadh Coitcheann gheibhear:

- dìtidhean is earalasan a chumar air clàran meadhain san RA no a chanas nach eil an leithid ri fhaighinn; agus
- fios a bheil an neach air ainmeachadh taobh a-staigh clàr eucoirean feise<sup>6</sup>.

### Foillseachadh Meudaichte

24. **Tha am Foillseachadh Meudaichte** ri fhaighinn nuair a tha ceist saor ga fhoighneachd airson adhbhar ainmichte mar a tha suidhichte ann an riaghailtean 9, 10 is 12 de Riaghailtean Clàran Eucoireach (Alba) 2010 fo Achd a' Phoileis 1997 (SSI 2010/168) ("Riaghailtean Clàran Eucoireach").

<sup>5</sup> Air a chur a-steach le earrann 78(1) de Achd 2007. Cha do thòisich Earrann 78(1) gu 28 Gearran 2011. Thèid ceann-là tòiseachaidh airson earrann 78(1) fhoillseachadh air làrach-lìn Foillseachadh Alba ann an ceann ùine.

<sup>6</sup> Mar a chaidh a chur a-steach le earrann 78(2)(a) de Achd 2007.

Gheibhear am Foillseachadh Meudaichte, às deidh a' chosgais iomchaidh a phàigheadh, le daoine fa leth far an cuir neach-clàraichte ainm ris an tagradh. A bharrachd air an teisteanas a chur a-mach chun duine fa leth, bidh Foillseachadh Alba a' cur teisteanas chun neach a chur ainm ris an tagradh.

**25.** Feumaidh daoine clàraichte a chuireas an ainm ri tagraidhean Foillseachadh Meudaichte a bhith riarachaidh gu bheil còir aca fiosrachadh foillseachaidh tron chòir a th' aca ceist shaor fhoighneachd fo Achd 1974 airson adhbhar ainmichte anns na Riaghailtean Clàran Eucoireach. Tha fhoighneachd ceist shaor airson adhbhar ainmichte a' ciallachadh a bhith a' fhoighneachd ceist shaor airson gin de na h-adhbharan mu ghnòthaichean no co-cheangailte ri na daoine fa leth a chaidh ainmeachadh ann an riaghailtean 9, 10 is 12 de Riaghailtean Clàran Eucoireach. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na ghnòthaichean sin agus na daoine fa leth aig: <http://www.legislation.gov.uk/ssi/2010/168/contents/made>. Anns na cùisean sin, faodar fiosrachadh mu dhitidhean saora a shireadh mun neach a tha air ainmeachadh san iarratas.

**26.** Ma tha buidheann sgàileig an sàs às leth bhuidhnean no dhaoine fa leth nach eil clàraichte fo earrann 120 de Achd 1997, feumaidh iad a bhith riarachaidh gu bheil còir aig an fheadhainn a tha iad a' riochdachadh le bhith a' cur an ainm ri tagraidhean fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn tron chomas a tha aig a' bhuidheann sin no an neach sin ceistean shaora fhoighneachd airson adhbhar ainmichte mar a tha sin air a shuidheachadh anns na Riaghailtean Clàran Eucoireach.

**27.** Anns na Foillseachadh Meudaichte gheibhear:

- ditidhean is earalasan a chumar air clàran meadhain san RA no a chanas nach eil an leithid ri fhaighinn;
- a bheil an neach air ainmeachadh taobh a-staigh clàr eucoirean feise;
- fiosrachadh iomchaidh sam bith eile, a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach fiosrachadh mu neodhearbhaidhean a bheir feachdan poileis iomchaidh seachad; agus
- (ann an cuid de chùisean) fiosrachadh mu in-ghabhail air liostaichean toirmisgte agus òrdughan sìobhalta ainmichte.

**28.** Faodaidh àrd-oifigear feachd poileis iomchaidh cuideachd fiosrachadh fhoillseachadh gu dìreach don duine a chur ainm ris an tagradh Foillseachadh Meudaichte. Chan eil am fiosrachadh sin air a thoirt a-steach do aghaidh an teisteanais, ach thathar ga fhaicinn fhathast mar fhiosrachadh foillseachaidh. Thèid an leithid de dh'fhiosrachadh a chur a-mach leis fhèin agus feumar a chumail air falbh bhon neach a tha air ainmeachadh san Fhoillseachadh Meudaichte. Tha e dualtach gun cuir an àrd-oifigear litir don neach a chur ainm ris an tagradh Foillseachadh Meudaichte a' mìneachadh nan cumhachan airson an seòrsa seo de dh'fhoillseachadh agus mar a tha iad an dùil a thèid a chleachdadh. Chan eil Foillseachadh Alba a' faighinn sealladh air an fhiosrachadh seo no air na tha san litir.

**29.** Far a bheilear a' fhoighneachd ceist shaor airson adhbhar co-cheangailte ris na cùisean no na daoine fa leth a tha air ainmeachadh ann an riaghailtean 10 is 12 de Riaghailtean Clàran Eucoireach agus far a bheil an aithris fiosrachaidh iomchaidh an cois Foillseachadh Meudaichte co-cheangailte ri clann (earrann 113CA de Achd 1997) no ri inbhich dìonta (earrann 113CB de Achd 1997), thèid na liostaichean co-chosmhail air feadh na RA an sgrùdadh. Canaidh an teisteanas a bheil no nach eil an neach air a thoirmeasg bhon t-seòrsa obair riaghlaichte dom buin an fhoillseachadh; agus a bheil no nach eil Ministearan na h-Alba a' beachdachadh air ainm an neach a chur air liosta chloinne no liosta inbhich PVG.

**30.** Faodar na h-òrdughan sìobhalta a leanas fhoillseachadh ann am Foillseachadh Meudaichte an cois fiosrachadh iomchaidh:

- òrdugh casg eucoirean feise (no òrdugh eadarail) fo Achd Eucoirean Feise 2003 ("Achd 2003");
- òrdugh siubhal cèin fo Achd 2003;
- òrdugh cunnart cron feise (no òrdugh eadarail) fo Achd 2003;
- òrdugh fios (no òrdugh eadarail) fo Achd 2003; agus
- òrdugh cunnart cron feise (no òrdugh eadarail) fo Achd Dion Cloinne is Dion Eucoirean Feise (Alba) 2005.

**Seòrsan Clàran Foillseachaidh – a chuirear a-mach fo Achd 2007**

**31.** Feumaidh tagraidhean no iarrtasan fo Achd 2007 a bhith co-cheangailte ri obair riaghlaidhe taobh a-staigh earrann 91 de Achd 2007. A thaobh Òrdugh 2003, faodar ceist shaor foighneachd mu neach a tha a' dèanamh no airson dèanamh obair riaghlaidhe fo Achd 2007.

**32.** Feumaidh daoine clàraichte no co-ainmean sgrìobhte a nì dearbhadh co-cheangailte ri iarrtasan foillseachaidh airson Clàr Sgeama no Ùrachadh Clàr Sgeama a bhith riaraichte gu bheil còir aca fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn tro bhith a' sàsachadh na cumhachan foillseachaidh air fad a tha suidhichte ann an earrann 55 de Achd 2007.

**33.** Ma tha daoine clàraichte an sàs às leth bhuidhnean no dhaoine fa leth nach eil clàraichte fo earrann 120 de Achd 1997, feumaidh iad a bhith riaraichte gu bheil an fheadhainn às leth a bheil iad airson a bhith a' dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh airson Clàr Sgeama no Ùrachadh Clàr Sgeama airidh air fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn tro bhith sàsachadh nan cumhachan foillseachaidh A gu C mar a tha suidhichte aig earrann 55 de Achd 2007.

### Clàr Sgeama

**34.** Tha an Clàr Sgeama a' nochdadh fiosrachadh ballrachd bunaiteach:

- an seòrsa obair riaghlaidhe anns a bheil ballrachd Sgeama PVG aig an neach (mar sin a' dearbhadh nach eil an neach air a thoirmeasg bho obair riaghlaidhe den t-seòrsa sin); agus
- ma thathar a' beachdachadh air an neach a chur air liosta airson an seòrsa obair riaghlaidhe sin, gu bheil e air a' chlàr sin.

**35.** Tha an Clàr Sgeama cuideachd a' toirt a-steach fiosrachadh sgrùdaidh a tha ri fhaighinn co-cheangailte ris an neach. Tha fiosrachadh sgrùdaidh a' toirt a-steach:

- dearbhaidhean is earlasan a chumar air clàran meadhain san RA;
- a bheil an neach air ainmeachadh ann an clàr nan eucoirich feise;
- fiosrachadh iomchaidh sam bith eile, a dh'fhaodas a bhith a' gabhail a-steach fiosrachadh mu neo-dhithidhean a bheir feachdan poileis iomchaidh seachad; agus
- òrdughan sìobhalta ainmichte.

**36.** Faodaidh na h-aon òrdughan sìobhalta is urrainn am foillseachadh ann am Foillseachadh Meudaichte le aithris iomchaidh am foillseachadh cuideachd mar fhiosrachadh sgrùdaidh air a' Chlàr Sgeama (faic paragraf 30 gu h-iseal).

**37.** Anns a' Chlàr Sgeama, gheibhear cuideachd an fhiosrachadh a leanas:

- ainm, seòladh, ceann là-breith agus àireamh ballrachd Sgeama PVG an neach;
- àireamh sònraichte a' Chlàr Sgeama;
- ainm is seòladh an neach clàraichte agus fiosrachadh mun cho-ainm sgrìobhte (air an lethbhreac airson an neach clàraichte agus buidheann riaghlaidh sam bith); agus
- ainm is seòladh na buidhne riaghlaidh agus àireamh clàraidh (dìreach a-mhàin air lethbhreac airson buidheann riaghlaidh).

### Ùrachadh Clàr Sgeama

**38.** Tha an Ùrachadh Clàr Sgeama air a dhealbhadh gus a bhith air a chleachdadh le buidhnean nuair a bhithear a' foighneachd do neach a tha mar-thà na bhall de Sgeama PVG (agus don deach Clàr Sgeama a chur a-mach roimhe seo) obair riaghlaidhe a dhèanamh dhaibh. Feumaidh a' bhuidheann a bhith na neach clàraichte no bhith a' cleachdadh buidheann sgàileig airson a bhith an sàs mar neach clàraichte às an leth.

**39.** Tha an Ùrachadh Clàr Sgeama a' nochdadh fiosrachadh ballrachd bunaiteach:

- an seòrsa obair riaghlaidhe mu bheil an neach na bhall Sgeama PVG (mar sin a' dearbhadh nach eil an neach air a thoirmeasg bho obair riaghlaidhe sen t-seòrsa sin); agus
- ma thathar a' beachdachadh air an neach a thaobh a bhith liostaichte airson na seòrsa obrach riaghlaidhe sin, gu bheil e air a' chlàr sin.



**40.** Tha an Ùrachadh Clàr Sgeama a' gabhail a-steach:

- an ceann-là a chaidh Clàr ballrachd Sgeama PVG fhoillseachadh mu dheireadh (agus àireamh clàr foillseachaidh air lethbhreac an neach);
- aithris mu a bheil no nach eil fiosrachadh sgrùdaidh anns a' Chlàr Sgeama sin;
- aon chuid aithris a' dearbhadh nach deach fiosrachadh sgrùdaidh ùr a chur ris a' Chlàr Sgeama bho chaidh an Clàr Sgeama fhoillseachadh mu dheireadh no ceann-là gach nì a chaidh a chur ris;
- aon chuid aithris a' dearbhadh nach deach fiosrachadh sgrùdaidh a thoirt às bho chaidh an Clàr Sgeama fhoillseachadh mu dheireadh no ceann-là gach nì a chaidh a thoirt às.

**41.** Tha an Ùrachadh Clàr Sgeama cuideachd a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh a leanas:

- ainm, seòladh, ceann-là breith agus àireamh ballrachd Sgeama PVG an neach;
- àireamh sònraichte an Ùrachaidh Clàr Sgeama; agus
- ainm is seòladh an neach clàraichte agus fiosrachadh mun cho-ainm sgrìobhte

**42.** Chan eil an Ùrachadh Clàr Sgeama a' toirt a-steach fiosrachadh sgrùdaidh sam bith.

### Aithris Ballrachd Sgeama

**43.** Tha an Aithris Ballrachd Sgeama air a dhealbhadh airson luchd-fastaidh pearsanta ag iarraidh air neach obair riaghlaidhe a dhèanamh dhaibh no airson cleachdadh ro-làimhe le daoine fa leth a tha airson obair riaghlaidhe a dhèanamh uaireigin san àm ri teachd. Leis gu bheil e airson a roinneadh le luchd-fastaidh pearsanta, chan eil fiosrachadh sgrùdaidh ann. Cha bu chòir do dhaoine clàraichte sa chumantas an leithid seo de dh'fhoillseachadh iarraidh oir chan eil an làn-fhiosrachadh a tha còir aca fhaighinn ann (ach chan eil iad toirmisgte bho bhith ga iarraidh).

**44.** Tha an Aithris Ballrachd Sgeama a' nochdadh fiosrachadh ballrachd bunaiteach:

- an seòrsa obair riaghlaidhe mu bheil an neach na bhall Sgeama PVG (mar sin a' dearbhadh nach eil an neach air a thoirmeasg bho obair riaghlaidhe den t-seòrsa sin); agus
- ma thathar a' beachdachadh air an neach a thaobh a bhith liostaichte airson na seòrsa obrach riaghlaidhe sin, gu bheilear ag innse sin.

**45.** Tha an Aithris Ballrachd Sgeama cuideachd a' gabhail a-steach an fhiosrachadh a leanas:

- ainm, seòladh, ceann-là breith agus àireamh ballrachd Sgeama PVG an neach;
- àireamh sònraichte an Aithris Ballrachd Sgeama; agus
- ainm is seòladh an neach-fastaidh pearsanta air lethbhreac an neach-fastaidh pearsanta (ma tha sin iomchaidh).

## Clàradh

### Cò as urrainn clàradh iarraidh fo earrann 120 de Achd 1997?

**46.** Thathar a' cur tagraidhean clàraidh gu Foillseachadh Alba fo earrann 120 de Phàirt V de Achd 1997. A thaobh dreuchdan ann an Sasainn is anns a' Chuimrigh, no Èireann a-Tuath feumaidh tagraidhean a dhol chun bhuidheann iomchaidh, is e sin: Biùro Clàran Eucoireach (CRB) airson dreuchdan ann an Sasainn is anns a' Chuimrigh, agus AccessNI airson dreuchdan ann an Èireann a-Tuath.

**47.** Feumaidh daoine no buidhnean a tha airson an ainm a chur ri tagraidhean airson Foillseachaidhean Coitcheann is Meudaichte, no bhith a' dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh PVG, a bhith clàraichte le Foillseachadh Alba. Feumaidh an fheadhainn a tha a' tagradh airson clàraidh cumhachan sònraichte a choileanadh. 'S iad na cumhachan gum feum neach a tha a' tagradh airson clàraidh a bhith:

- na bhuidheann corporra no neo-chorporra,
- na neach ainmichte mar neach-dreuchd reachdail, no
- na neach a tha a' fastadh cuid eile ann an obair gnìomhachais.

48. A bharrachd air an sin feumaidh an neach (ge brith a bheil an neach na neach fa leth, neach ainmichte mar neach-dreuchd reachdail no buidheann corporra no neo-chorporra) dearbhadh a thoirt do dh'Fhoillseachadh Alba gu bheil iad dualtach ceistean shaora fhoighneachd mar thoradh air Òrdugh 2003. Far a bheil an neach clàraichte an dùil ainm a chur ri tagraidhean no dearbhadh PVG no iarrtasan às leth bhuidhnean eile no dhaoine fa leth eile, feumaidh an neach clàraichte dearbhadh do dh'Fhoillseachadh Alba gu bheil còir aig na buidhnean no na daoine fa leth, às leth a tha iad an sàs, ceistean shaora fhoighneachd.

49. Bidh Foillseachadh Alba, mar phàirt den phròiseas tòiseachaidh clàraidh, a' dèanamh sgrùdaidhean gus faighinn a-mach a bheil no nach eil an fheadhainn a tha a' tagradh airson a bhith nan luchd-clàraichte, nan ainmean sgrìobhte adhartach no nan co-ainmean sgrìobhte, iomchaidh airson fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn. Ma tha na daoine fa leth sin air am meas iomchaidh, thèid innse dhaibh ann an sgrìobhadh gun deach gabhail riutha agus gheibh iad fiosrachadh mun chòd buidheann clàraichte aca agus mun chòd sònraichte co-ainm sgrìobhte. A bharrachd air a sin, bidh Foillseachadh Alba a' dèanamh sgrùdaidhean iomchaidheachd leantainneach gus dearbhadh a bheil neach sam bith a tha clàraichte fhathast iomchaidh airson a bhith a' faighinn fiosrachadh foillseachaidh. Tron chiad bhliadhna de chlàradh bidh Foillseachadh Alba a' cumail sùil air tagraidhean no iarrtasan gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse aig na buidhnean mun reachdas. Cuidichidh seo le bhith a' lughdachadh mhearachdan ann a bhith a' lionadh nam foirmichean.

50. Dh'fhaodadh gum bi pàirt aig luchd-clàraichte co-cheangailte ri Foillseachaidhean Bunaiteach. Anns na suidheachaidhean sin thathas an dùil gun dearbh a' bhuidheann dearbh-aithne an neach agus gun dèan iad cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart mus tèid an tagradh a chur gu Foillseachadh Alba.

#### Daoine clàraichte an sàs às leth cuid eile – an sàs mar “bhuidheann sgàileig”

51. Faodaidh buidhnean sgàileig an ainm a chur ri tagraidhean airson Foillseachaidhean Coitcheann no Meudaichte no dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh PVG às leth buidhnean eile. Feumaidh buidhnean sgàileig a tha a' cur an ainm ri tagraidhean Foillseachadh Coitcheann às leth cuid eile a bhith riarachtaichte gu bheil còir aig an fheadhainn mu bheil iad an dùil an ainm a chur ri tagraidhean fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn seach gu bheil a' bhuidheann sin no an neach comasach air ceist shaor fhoighneachd. A thaobh Foillseachaidhean Meudaichte, feumaidh còir a bhith aig a' bhuidheann no aig an neach a' cheist shaor fhoighneachd airson adhbhar ainmichte mar a tha sin suidhichte anns na Riaghailtean Clàraidh Eucoireach<sup>7</sup>.

52. Feumaidh buidhnean sgàileig a tha a' dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh PVG às leth cuid eile a bhith riarachtaichte gu bheil còir aig an fheadhainn mu bheil iad an dùil dearbhadh fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn seach gu bheil a' bhuidheann sin no an neach comasach air ceist shaor fhoighneachd a thaobh iomchaidheachd neach obair riaghlachtaichte a dhèanamh no beachdachadh air iomchaidheachd neach airson a bhith a' dèanamh no a' cumail a' dèanamh obair riaghlachtaichte fo Achd 2007.

53. Feumaidh buidhnean sgàileig ceumannan reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn às leth a tha iad an sàs agus don toir iad an uair sin an fiosrachadh foillseachaidh cuideachd a' cumail ri riatanasan a' Chòd seo a thaobh cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh. Tha ceumannan reusanta a' gabhail a-steach cumail clàran den fheadhainn às leth a tha iad an sàs agus fianais gu bheil iad a' dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn don toir iad fiosrachadh a' gabhail ri riatanasan a' Chòd. Mura cur buidheann sgàileig ceumannan iomchaidh an gnìomh airson gum bi neach no buidheann a tha a' cleachdadh buidheann sgàileig a' cumail ris a' Chòd, dh'fhaodadh Foillseachadh Alba tagraidhean no iarrtasan airson na buidhnean sgàileig sin a dhiùltadh. A bharrachd air a sin, mura gabh neach no buidheann a tha a' cleachdadh buidheann sgàileig ri riatanasan a' Chòd, dh'fhaodadh a' bhuidheann sgàileig no Foillseachadh Alba diùltadh tagraidhean no iarrtasan a chur troimhe a thaobh an neach no na buidhne sin.

54. Faodaidh Foillseachadh Alba iarraidh air buidhnean sgàileig a tha an sàs às leth bhuidhnean no dhaoine fa leth nach eil clàraichte le Foillseachadh Alba fiosrachadh a thoirt seachad mu na daoine no na buidhnean às leth a tha iad a' cur an ainm ri tagraidhean no a' dearbhadh PVG no iarrtasan. Faodar am fiosrachadh seo iarraidh mar phàirt den phròiseas dearbhachd càilleachd aig Foillseachadh Alba.

<sup>7</sup> Riaghailtean 2010 fo Achd a' Phoileis 1997 (Clàran Eucoireach) (Alba) (SSI 2010/168).

### Buidheann Clàrachaidh Nàiseanta na h-Alba

55. Chaidh Buidheann Clàrachaidh Nàiseanta na h-Alba (CRBS) a stèidheachadh fo stiùir Leasachadh Luchd-obrach Saor-thoileach na h-Alba. Tha CRBS clàraichte le Foillseachadh Alba mar bhuidheann sgàileig. Faodaidh e a bhith an sàs às leth bhuidhnean iomchaidh saor-thoileach ann an Alba<sup>8</sup>.

56. Faodaidh CRBS tagraidhean agus iarrtasan foillseachaidh a' làimhseachadh fo Achdan 1997 is 2007 a rèir a' Chòd seo. Feumaidh CRBS dèanamh cinnteach gu bheil còir aig buidhnean às leth a bheil iad an sàs fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn leis gu bheil còir aca ceist shaor fhoighneachd airson adhbharan obair riaghlaichte agus suidheachaidhean saora eile agus gu bheil iad a' gabhail ri bhriathran a' Chòd. Mura gabh daoine no buidhnean corporra no neo-chorporra, a tha a' cleachdadh CRBS mar bhuidheann sgàileig, ri riatasan CRBS agus a' Chòd seo, dh'fhaodadh gun diùlt CRBS tagraidhean no iarrtasan a làimhseachadh às an leth. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu CRBS air an làrach-lìn aca aig [www.crbs.org.uk](http://www.crbs.org.uk).

### An Clàr fo Achd 1997

57. Tha Riaghailtean 2010 fo Achd a' Phoileis (Clàran Eucoireach) (Clàradh) (Alba) (SSI 2010/383) ("na Riaghailtean Clàraidh") a' suidheachadh mion-fhiosrachaidh a dh'fheumas a bhith taobh a-staigh a' chlàr a bhios Foillseachadh Alba a' cumail suas às leth Ministearan na h-Alba. Is iad sin:

(a) far a bheil an neach na dhuine fa leth a tha a' fastadh cuid eile ann an obair gnìomhachais:

(i) an sloinneadh, ro-ainmean iomlan is tiotal, sloinnidhean agus ro-ainmean sam bith roimhe seo, seòladh dachaigh, ceann-là, àite is dùthaich breith an neach agus seòladh gnìomhachais gnàthaichte sam bith, àireamh fòn gnìomhachais no àireamh facs no seòladh post-d a chaidh innse do Mhinistearan na h-Alba airson adhbharan conaltraidh;

(ii) an ceann-là air an deach ainm an neach a chur air a' chlàr an toiseach;

(iii) an àireamh a chaidh a thoirt don neach a thathar a' toirt a-steach;

(iv) nàdar is adhbhar nan ceistean saora, a tha an neach dualtach fhoighneachd; agus

(v) dreach de ainm-sgrìobhaidh an neach a thathar a' toirt a-steach.

(b) far a bheil an neach na bhuidheann corporra no neo-chorporra:

(i) an sloinneadh, ro-ainmean iomlan is tiotal, sloinnidhean agus ro-ainmean sam bith roimhe seo, seòladh dachaigh, ceann-là, àite is dùthaich breith a' phrìomh neach ainm-sgrìobhte agus co-ainm sgrìobhte sam bith eile agus seòladh gnìomhachais gnàthaichte sam bith, àireamh fòn gnìomhachais no àireamh facs no seòladh post-d a chaidh innse do Mhinistearan na h-Alba airson adhbharan conaltraidh;

(ii) an ceann-là air an deach ainm an neach ainm-sgrìobhte agus ainm-sgrìobhte sam bith eile a chur air a' chlàr an toiseach;

(iii) an àireamh a chaidh a thoirt don neach ainm-sgrìobhte agus co-ainm sgrìobhte sam bith eile a thathar a' toirt a-steach;

(iv) nàdar is adhbhar nan ceistean saora, ma tha gin ann, a tha a' bhuidheann dualtach fhoighneachd;

(v) dreach de ainm-sgrìobhaidh a' phrìomh ainm-sgrìobhte agus co-ainm sgrìobhte sam bith eile;

<sup>8</sup> Is iad sin buidhnean nach leig a leas cosgaisean chlàran foillseachaidh PVG airson luchd-obrach saor-thoileach a phàigheadh, faic riaghailt 7 fo Achd Dion Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007 (Cosgaisean Ballrachd Sgeama agus Iarrtasan Foillseachaidh) 2010 (SSI 2010/167).

(vi) a bheil a' bhuidheann dualtach a bhith a' cur an co-ainmean sgrìobhte air tagraidhean fo earrann 113A (teisteanasan clàr eucoireach) no 113B (teisteanasan meudaichte clàr eucoireach) de Achd 1997 no a bheil a' bhuidheann dualtach a bhith a' dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh fo earrann 52 (foillseachadh chlàran sgeama) no 53 (foillseachadh chlàran sgeama ghoirid) de Achd 2007 le iarratas bho bhuidhnean no dhaoine fa leth a' foighneachd cheistean saora agus, ma tha, nàdar is adhbhar nan ceistean sin; agus

(vii) ma tha an neach na bhuidheann corporra, an sloinneadh, a h-uile fo-ainm is tiotal an àrd-oifigear agus an cathraiche (mura h-e an neach sin am prìomh ainm-sgrìobhte).

**(c)** ma tha an neach na neach-dreuchd reachdail:

(i) an sloinneadh, ro-ainmean iomlan is tiotal, sloinnidhean agus ro-ainmean sam bith roimhe seo, seòladh dachaigh, ceann-là, àite is dùthaich breith an neach agus co-ainm sgrìobhte sam bith eile agus seòladh gnìomhachais gnàthaichte sam bith, àireamh fòn gnìomhachais no àireamh facs no seòladh post-d a chaidh innse do Mhinistearan na h-Alba airson adhbharan conaltraidh;

(ii) an ceann-là air an deach ainm an neach ainm-sgrìobhte agus co-ainm sgrìobhte sam bith eile a chur air a' chlàr an toiseach;

(iii) an àireamh a chaidh a thoirt don neach ainm-sgrìobhte agus co-ainm sgrìobhte sam bith eile a thathar a' toirt a-steach;

(iv) nàdar is adhbhar nan ceistean shaora, a tha an neach dualtach foighneachd; agus

(v) dreach de ainm-sgrìobhadh an neach agus co-ainm sgrìobhte sam bith eile.

**58.** Tha “seòladh gnìomhachais” a' ciallachadh an seòladh prìomh àite gnìomhachais an neach, ach far a bheil prìomh àite gnìomhachais an neach taobh a-muigh na h-Alba agus gu bheil gnìomhachas aig an neach sin ann an Alba, thèid seòladh an àite gnìomhachais ann an Alba a chur air a' chlàr cuideachd.

**59.** Feumaidh neach clàraichte no prìomh ainm-sgrìobhte innse do dh'Fhoillseachadh Alba ann an sgrìobhadh cho luath 's a sin gu reusanta comasach, mion-fhiosrachadh air atharrachadh sam bith air an fhiosrachadh a tha liostaichte gu h-àrd a chaidh a thoirt seachad leis an neach sin airson gum biodh e air a' thoirt a-steach don chlàr. Ma bheir co-ainm sgrìobhte eile am mion-fhiosrachadh seachad, faodaidh Foillseachadh Alba an atharrachadh a dhearbhadh leis an neach clàraichte no am prìomh ainm-sgrìobhte.

**60.** Feumaidh tagraichean airson clàraidh fiosrachadh a thoirt seachad mar a tha sgrìobhte gu h-àrd airson a' chlàr. A thaobh an fhiosrachaidh mu nàdar is adhbhar nan ceistean saora, bu chòir tagraichean mìneachadh a' bhunait a th' aca no a tha aig an fheadhainn às leth a tha iad a' cur an ainm-sgrìobhte air tagraidhean no a' dearbhadh airson foillseachaidhean PVG, airson a bhith a' foighneachd cheistean agus an seòrsa cheistean a tha iad dualtach foighneachd. (faic Pàipear-taice A).

**61.** Tha in-ghabhail sa chlàr a' ciallachadh gu bheil an neach airidh air fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn bho Foillseachadh Alba. Tha mion-fhiosrachadh clàraidh dìomhair agus cha bhì Foillseachadh Alba ga innse do dhuine sam bith às aonais cead no ùghdarras laghail. Chan eil clàradh a' dèanamh a-mach gu bheil Foillseachadh Alba a' cuir aonta ri buidheann no neach clàraichte agus cha bu chòir smaoinichadh air a' chaochladh agus cha bu chòir suaicheantas Foillseachadh Alba a chur air stuth foillseachaidh, brosnachail no adhbhar sam bith eile às aonais cead sònraichte bho Foillseachadh Alba.

**62.** Feumaidh neach clàraichte dèanamh cinnteach gun tèid a' chis thagraidh airson clàradh agus ainmeachadh co-ainmean sgrìobhte eile (ma bhùineas sin) agus às dèidh sin a' chis bhliadhna airson clàraidh leantainneach a phàigheadh. Mura tèid a' chis chlàraidh iomchaidh a phàigheadh dh'fhaodadh gun cuirear stad air a' chlàradh, agus aig an àm sin chan urrainn gabhail ri tagraidhean no iarrtasan eile airson foillseachaidh, a rèir suidheachadh na cùise. Aig an ìre dheireannach, mura tèid a' chis clàraidh a phàigheadh thèid ainm an neach clàraichte a thoirt bhon chlàr. Ron àm aig am bi a' chis bhliadhna ri phàigheadh, bheir Foillseachadh Alba, ma bhùineas seo, dhaibh làn-liosta de na co-ainmean sgrìobhte gnàthaichte agus bheir iad cothrom dhaibh toirt às gin nach eil fhathast gnìomhach. Bheir seo an cothrom seachad gus raointean eile den fhiosrachadh clàraidh ùrachadh ma tha fiosrachadh ann a tha mearachdach, mar eisimpleir, fiosrachadh mu àireamh fòn.

**63.** Suas gu 31 Màrt 2011, is e aon chis £150 a tha ann airson clàraidh agus £10 eile airson gach co-ainm sgrìobhte eile. Bho 1 Giblean 2011, feumaidh daoine clàraichte ùra (a bharrachd air daoine clàraichte gnàthaichte) cis bhliadhnail a phàigheadh airson clàradh. Bidh cosgais bhliadhnail de £75 aig a' char as lugha ann airson a' chiad chlàraidh no clàradh leantainneach agus bheir sin a-steach clàradh an neach clàraichte, (a' gabhail a-steach am prìomh ainm-sgrìobhte) agus suas ri ceithir co-ainmean sgrìobhte eile. Ma thèid ainm-sgrìobhte ùr eile a chur ris tron bhliadhna cise, cosgaidh sin £15 gach neach, ge bith cia mheud co-ainm sgrìobhte eile a tha ann airson an neach clàraichte. Ma thèid ainm-sgrìobhte eile a thoirt air falbh no ma thig an clàradh gu crìch, cha chosg sin càil. Far a bheil sin iomchaidh, feumar cìs £15 a bharrachd a phàigheadh gach bliadhna airson an còigeamh co-ainm sgrìobhte eile agus airson gach neach a bharrachd air an sin.

### Mar a nithear tagradh airson clàradh

**64.** Feumaidh tagraidh airson clàradh a bhith ann an sgrìobhadh, air foirm Tagradh Clàraidh Foillseachaidh. Gheibhear fiosrachadh mun dòigh anns an cuirear tagradh a-steach agus fiosrachadh mu na cisean iomchaidh air làrach-lìn Foillseachadh Alba: [www.disclosurescotland.co.uk](http://www.disclosurescotland.co.uk). Bheirear seachad làn-fhiosrachaidh cuideachd leis a' phasgan clàraidh a bheirear seachad do gach neach a tha a' sireadh clàraidh.

### Dearbh-aithne

**65.** Leis gach tagradh airson clàradh feumar an leithid de dh'fhianais dearbh-aithne a chur a-steach a rèir 's mar a dh'ìarras Foillseachadh Alba. Gheibhear làn-fhiosrachadh anns a' phasgan clàraidh.

### Prìomh ainmean-sgrìobhte airson buidhnean corporra no neo-chorporra

**66.** Feumaidh ainm-sgrìobhte a bhith air gach tagradh airson clàradh bho bhuidheann corporra no neo-chorporra le neach aig a bheil ùghdarras a bhith an sàs às leth na buidhne sin. Ma shoirbhicheas leis an tagradh, thèid an neach a chuireas ainm-sgrìobhte air an tagradh a chur air a' chlàr agus thèid ainmeachadh mar a' phrìomh ainm-sgrìobhte. An cois an tagraidh, feumar fiosrachadh a dh'ìarras Foillseachadh Alba a chur a-steach airson taic a chur ris an tagraidh.

**67.** Thathar a' moladh gum bu chòir àrd-dhreuchd taobh a-staigh na buidhne a bhith aig a' phrìomh ainm-sgrìobhte airson buidheann corporra no neo-chorporra. Mar dhearbhadh, dh'fheumadh tomhas de dhleastanas riaghlaidh a thaobh co-dhùnaidhean fastaidh a bhith aig an neach sin.

**68.** Is ann chun prìomh ainm-sgrìobhte sa bhuidheann a chuireas Foillseachadh Alba fios anns a' chiad àite a thaobh nì sam bith co-cheangailte ri clàradh na buidhne sin. Faodaidh am prìomh ainm-sgrìobhte ainm a chur ri tagraidhean agus iarrtasan foillseachaidh ach mar as trice bidh an uallach sin a' laighe bho latha gu latha air co-ainmean sgrìobhte eile.

**69.** Chan urrainn ach aon neach a bhith a' riochdachadh buidheann corporra no neo-chorporra air a' chlàr mar prìomh ainm-sgrìobhte aig uair sam bith. Ma dh'fhàgas prìomh ainm-sgrìobhte buidheann clàraichte, feumar neach eile ainmeachadh gun dàil. Is e seo aon de na cumhachan a thaobh clàraidh leantainneach. Mura tèid fios mu prìomh ainm-sgrìobhte ùr a chur gu Foillseachadh Alba, faodaidh Foillseachadh Alba stad a chur air a' chlàraidh no faodaidh iad diùltadh tagraidhean foillseachaidh no iarrtasan a chur air adhart.

**70.** Ma thèid prìomh ainm-sgrìobhte airson buidheann corporra no neo-chorporra a thoirt bhon chlàr le Foillseachadh Alba, feumar neach eile a chur san dreuchd gun dàil.

**71.** Chan fhaod daoine clàraichte no ainmean-sgrìobhte eile an ainmean a chur sìos no dearbhadh air tagradh no iarratas foillseachaidh mas ann mun deidhinn fhèin a tha an tagradh. Ma dh'fheumas neach clàraichte no co-ainm sgrìobhte eile foillseachadh bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gur e co-ainm sgrìobhte a tha clàraichte le Foillseachadh Alba a chuireas an ainm ris no a chuireas dearbhadh air foirm tagraidh no iarratas foillseachaidh.

## Dleastanasan a thaobh cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh

### Cleachdadh cothromach air fiosrachadh foillseachaidh

72. Feumaidh luchd-gabhail fiosrachadh foillseachaidh:

- gun a bhith a' cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh airson adhbharan a bharrachd air an fheadhainn airson an deach a thoirt seachad;
- suim a ghabhail de stiùireadh sam bith a chuir Foillseachadh Alba a-mach a thaobh cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh; agus
- gun eadar-dhealachadh sam bith a dhèanamh an-aghaidh daoine ainmichte air tagradh fiosrachaidh foillseachaidh air sgàth dìteadh sam bith no fiosrachadh sam bith eile a chaidh a nochdadh.

73. Bithear a' foillseachadh fiosrachadh Foillseachaidh Coitcheann is Meudaichte airson adhbharan taic do cho-dhùnidhean fastaidh airson dreuchd no cead sònraichte. Cha bu chòir a bhith an urra riutha mar an aon phìos fiosrachaidh a tha a' toirt taic do cho-dhùnadh. Cha bu chòir an fhiosrachadh foillseachadh a chuirear a-mach fo Achd 1997 a chleachdadh ma thathar a' beachdachadh air obair riaghlaidhe fo Sgeama PVG a thoirt don neach.

74. Fo Sgeama PVG, faodaidh buidheann làn-fhiosrachadh sgrùdaidh a chleachdadh air Clàr Sgeama gus taic a thoirt do cho-dhùnadh fastaidh no cumail ann an dreuchd. Ach, feumaidh buidheann slatan-tomhais sam bith a chleachdadh timcheall fiosrachadh sgrùdaidh ann an dòigh a tha cothromach, seasmhach is iomchaidh. Bu chòir aithne a chur air na slatan-tomhais ro-làimh agus a bhith ceangailte ris an dleastanas sònraichte. Chan eil neach fa leth a gheibh cothrom a dhol na bhall no cumail na bhall air Sgeama PVG idir neo-iomchaidh airson obair riaghlaidh. Ach, faodaidh fiosrachadh sgrùdaidh nochdadh nach eil iad iomchaidh airson dreuchd sònraichte a dhèanamh.

75. Faodaidh buidheann diùltadh neach fhadstadh no neach a chumail ann an dreuchd a' dèanamh obair riaghlaidhe ma dhiùltas an neach sin gabhail ri ballrachd Sgeama PVG no ri iarrtasan foillseachaidh gun bhunait reusanta a bhith aige sin a dhèanamh.

76. Bidh buidheann a' faighinn teisteanas no clàr foillseachaidh a thaobh neach fa leth bho Fhoillseachadh Alba airson an cuideachadh gus tighinn gu co-dhùnadh. Mar as trice, bidh seo mar phàirt den phròiseas airson co-dhùnadh mu thagradh dreuchd an neach sin no mar phàirt de mheasadh leantainneach mun neach airson a chumail ann an obair riaghlaidhe. Chan fhaod a' bhuidheann a chur air adhart gu neach sam bith eile aig nach eil còir fhaighinn mar phàirt den cuid obrach. Ma nì iad sin, bidh iad a' briseadh an lagh.

77. Thèid casg a chur air neach a tha air a bhith liostaichte air liosta cloinne no liosta inbhich PVG ann an Alba (no gach cuid) bho bhith a' dèanamh na h-aon sheòrsa obrach air feadh na RA. Ma tha neach air ainmeachadh air an aon sheòrsa liosta toirmisgte ann an Sasainn no sa Chuimrigh no Èireann a-Tuath thèid a chasg bho bhith ag obair ann an dreuchdan iomchaidh le clann no inbhich dìonta no gach cuid, ann an Alba. Bidh neach-fastaidh a' briseadh an lagh ma chuireas iad neach ann an dreuchd a tha air a thoirmeasg bho bhith a' dèanamh obair riaghlaidhe, ge bith a bheil an neach air liosta toirmisgte ann an Alba no ann an àite sam bith eile san RA.

78. A thaobh neach sam bith a chaidh a dhìteadh, gu math tric is e faighinn obair tharbhach an dòigh as fheàrr air a chumail bho bhith a' briseadh an lagh a-rithist. Mar sin, tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh dèanamh cinnteach nach eilear a' làimhseachadh dhaoine sa choimhearsnachd a chaidh an dìteadh ann an dòigh a tha mì-chothromach ann a bhith a' beachdachadh orra airson dreuchdan far a bheil earbsa deatamach.

79. Thathar a' moladh gum bu chòir poileasaidh sgrìobhte a bhith aig luchd-fastaidh a thaobh a bhith a' cur an-dreuchd daoine a chaidh a dhìteadh. Tha dreuch de phoileasaidh aig Foillseachadh Alba agus faodar seo a' luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn Foillseachadh Alba: [www.disclosurescotland.co.uk](http://www.disclosurescotland.co.uk).

**A' làimhseachadh fiosrachadh foillseachaidh**

**80.** Bu chòir daoine clàraichte agus cuid eile a bhios a' faighinn fiosrachadh foillseachaidh an fhiosrachadh seo a làimhseachadh gu faiceallach. Tha seo a' ciallachadh nach bu chòir dhaibh fiosrachadh fhoillseachadh a bhiodh an-aghaidh earrann 124<sup>9</sup> de Achd 1997 no earrannan 66 no 67 de Achd 2007. Ma thèid fiosrachadh fhoillseachadh gun chead tha sin mì-laghail. Chan eil e mì-laghail ma gheibhear cead sgrìobhte bhon neach a tha air ainmeachadh san Fhoillseachadh airson an fhiosrachadh a chur gu daoine eile.

**81.** Chan fhaodar fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad fo earrann 113B(5) de Achd 1997 gu neach clàraichte nach eil ga nochdadh air Foillseachadh Meudaichte, a thoirt seachad do neach eile no don neach a tha air ainmeachadh san Fhoillseachadh Meudaichte.

**82.** Feumaidh fiosrachadh foillseachaidh a bhith air a làimhseachadh dìreach leis an fheadhainn taobh a-staigh na buidhne aig a bheil còir fhaighinn co-cheangailte ri an cuid obrach. Feumaidh an fheadhainn sin cuideachd cumail ri cumhachan a' Chòd.

**83.** Feumaidh poileasaidh tèarainteachd sgrìobhte a bhith aig daoine clàraichte a thaobh làimhseachadh, cumail is cur às do dh'fhiosrachadh foillseachaidh. Feumaidh na daoine clàraichte sin a bhios a' cur an co-ainm sgrìobhte ri tagraidhean no a' dearbhadh iarrtasan foillseachaidh às leth cuid eile, a bharrachd air an sin, dèanamh cinnteach gu bheil an leithid de phoileasaidh acasan às leth a tha iad a' cur an co-ainm sgrìobhte ri tagraidhean no a' dearbhadh iarrtasan. Tha dreachd de phoileasaidh aig Foillseachadh Alba agus faodar seo a' luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn Foillseachadh Alba: [www.disclosurescotland.co.uk](http://www.disclosurescotland.co.uk).

**84.** Tha gach cuid Achd 1997 agus Achd 2007 a' suidheachadh eucoirean sònraichte co-cheangailte ri cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh gu mì-laghail. Gheibhear mion-fhiosrachaidh mu eucoirean fo Achd 1997 ann am Pàipear-taice B agus eucoirean fo Achd 2007 ann am Pàipear-taice C.

**85.** Dh'fhaodadh gum bi suidheachaidhean ann far an tèid iarraidh air neach aig a bheil fiosrachadh foillseachaidh sin a thoirt do neach eile co-cheangailte ri ceumannan lagha, mar eisimpleir, ann an cùis a chaidh a chur gu Tribiunal Cosnaidh. 'S an t-suidheachadh sin, bu chòir dhan neach clàraichte fios a chur gu Foillseachadh Alba a thaobh iarratas de leithid agus mus tèid an leithid de dh'fhiosrachadh fhoillseachadh.

**86.** Tha Achd 2007 a' casg dhaoine eile nach eil a' fastadh gu dìreach, no am beachd am fastadh airson obair riaghlaidhe a dhèanamh, bho bhith a' foighneachd do bhall de sgeama sùil fhaighinn air a' chlàr foillseachaidh aca. Ach chan eil seo a' buntainn far a bheil buidhnean a tha a' toirt seachad seirbheisean foghlaim no slàinte ann an cùmhnant le buidheann eile airson seirbheisean còmh-dhail a thoirt seachad do chloinn no do dh'inbhich dìonta.

**87.** Tha Riaghailtean 2010 fo Achd Dion Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007 (Iarrtasan Mì-laghail airson Clàran Sgeama) (Suidheachaidhean Ainmichte) (SSI 2010/194) a' suidheachadh na buidhnean a dh'fhaodas, nuair a chleachdas iad cùmhnantaiche gus seirbheisean còmh-dhail a thoirt seachad do chloinn is inbhich dìonta, faodaidh iad iarraidh sealladh air clàr foillseachaidh a thaobh neach-obrach a tha an cùmhnantaiche ag iarraidh a chleachdadh airson na seirbheis. Is e seo na buidhnean: comhairle, sgoil, togalach foghlaim, buidheann slàinte, ospadal neo-eisimeileach, ospadal leigheas-inntinn priobhaideach, clionaic neo-eisimeileach no buidheann leigheas neo-eisimeileach. Chan fhaod an cùmhnantaiche an clàr foillseachaidh a shealltainn don bhuidheann coimiseanaidh ach ma thug an neach-obrach cead seachad ann an sgrìobhadh don neach-fastaidh. Bu chòir an cead a thoirt seachad gu saor-thoileach agus chan ann le èiginn. Bu chòir an neach-fastaidh lethbhreac den chead sgrìobhte seo a chumail. Chan eil Foillseachadh Alba a' gabhail gnothach ris an rèiteachadh seo<sup>10</sup>.

**88.** Feumar fiosrachadh foillseachaidh a stòradh ann an suidheachadh tèarainte. Bu chòir do phàipearan an cumail fo ghlas ann an aonadan stòrais neo-ghluasadach. Cha bu chòir gum biodh iuchraichean no cothlamadh airson nan aonadan stòrais sin rim faighinn gu furasta taobh a-staigh na

<sup>9</sup> Pàipear-taice 14, paragraf 12 earrann atharraichte 124 de Achd Droch Eucoir Eagraichte is Poileis 2005.

<sup>10</sup> Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic Caibideil 5 de Sgeama Dion Bhuidhnean So-leònte: Stiùireadh do dhaoine fa leth, bhuidhnean is luchd-fastaidh pearsanta, Riaghaltas na h-Alba, Òg Mhios 2010.

buidhne agus cha bu chòir ach daoine fa leth ainmichte cothrom fhaighinn a dhol a-steach do dh'aonadan agus sheòmraichean stòrais. Cha bu chòir fiosrachadh foillseachaidh a chumail ann am faidhle pearsanta neach-obrach. Feumar a bhith cùramach cuideachd, cho luath sa bhios fiosrachadh foillseachaidh dealanach ri fhaighinn, nach leigear le duine sin fhaicinn, no a chur air adhart no a stòradh no a chlà-bhualadh.

**89.** Cha bu chòir do dhaoine no bhuidhnean clàraichte aig a bheil fiosrachadh foillseachaidh am fiosrachadh sin a chumail nas fhaide na a tha iomchaidh airson na feumalachdan aca. Bu chòir buidhnean an-còmhnaidh a bhith mothachail gu feum iad cumail ri Achd Dìon Fiosrachaidh 1998 a tha ag àithneadh nach bu chòir fiosrachadh pearsanta a chumail ach dìreach cho fada sa tha feum air airson na h-adbharan a chaidh fhaighinn. Dh'fhaodadh gur e seo an ceann-là fastaidh no an latha anns an do rinneadh co-dhùnadh iomchaidh, no às dèidh a' chinn-là far an deach connspaid<sup>11</sup> sam bith mu chinnteachd fiosrachadh foillseachaidh a rèiteachadh. A thaobh chlàran foillseachaidh PVG dh'fhaodadh gur e seo an ceann-là far an stadadh neach bho bhith a' dèanamh obair riaghlaidh airson na buidhne sin.

**90.** Ach, far an d' fhuair neach clàraichte fiosrachadh foillseachaidh às leth buidheann eile, cha bu chòir an neach clàraichte an fhiosrachadh foillseachaidh a chumail às dèidh sin a bhith air fhoillseachadh don fheadhainn às leth an deach fhaighinn.

**91.** Gheibhear samhla de phàipearan slighe a dh'fhaodadh an cleachdadh airson an adhbhar seo bho làrach-lìn Foillseachadh Alba: [www.disclosurescotland.co.uk](http://www.disclosurescotland.co.uk). Dh'fhaodadh gum biodh an fhiosrachadh seo ga iarraidh nas fhaide air adhart, mar eisimpleir, nuair a tha seirbheis cùraim ga chlàradh. Thathar cuideachd a' moladh gun cumar clàr sgrìobhte den h-uile neach don toirear fiosrachadh foillseachaidh airson adhbhar sgrùdadh soilleir.

**92.** Bu chòir gum bithear a' cur às don h-uile seòrsa fiosrachadh foillseachaidh tro dhòighean iomchaidh tèarainte, mar eisimpleir, na bhideoagan ga phronnadh no ga losgadh. Cha bu chòir a chumail ann an gabhadan neo-thèarainte, leithid bine sgudail no poca sgudail dìomhair, fhad 's a thathar a' feitheamh ri cur às dheth. Cha bu chòir lethbhreac no iomhaigh sam bith eile de dh'fhiosrachadh foillseachaidh a chumail.

### Dearbhachd is sgrùdadh

**93.** Tha an Còd seo a' cur riatanas air luchd-gabhail fiosrachadh foillseachaidh:

- sgrùdadh a dhèanamh ma dh'iarraas Foillseachadh Alba orra a thaobh mar a tha iad a' làimhseachadh, a' cumail is a' cur às do dh'fhiosrachadh foillseachaidh.

**94.** Dh'fhaodadh gun dèanar seo le bhith:

- a' lìonadh sgrùdadh fèin-mheasaidh a chuireas Foillseachadh Alba a-mach gu daoine clàraichte bho àm gu àm. Anns an fhoirm seo bidh ceistean a chuidicheas, nuair a thèid am freagairt, Foillseachadh Alba le bhith a' co-dhùnadh a bheil an neach clàraichte a' cumail ris a' Chòd agus an lagh;
- co-obrachadh le luchd-obrach Foillseachadh Alba fhad 's a tha dearbhaidhean gèillidh a' dol air adhart (sgrùdaidhean), a' gabhail a-steach tursan tadhail air togalaichean neach-clàraichte, gus am bi Foillseachadh Alba riarachaidh gu bheil an fheadhainn a tha a' faighinn fiosrachadh foillseachaidh a' cleachdadh an fhiosrachaidh a rèir a' Chòd agus an lagh;
- cur aithisg gu Foillseachadh Alba le fianais tuislidh sam bith, aon chuid air an taobh fhèin no air taobh neach eile ann a bhith a' cumail ris a' Chòd; agus
- cur aithisg gu Foillseachadh Alba le amharasan reusanta sam bith a th' aca gu bheil a' briseadh an lagh fo earrannan 123 agus 124<sup>12</sup> de Achd 1997 (faic Pàipear-taice B) no earrannan 65 gu 67 de Achd 2007 (faic Pàipear-taice C).

**95.** Ann a bhith a' dèanamh sgrùdaidhean gèillidh, bidh Foillseachadh Alba gu sònraichte, a' feuchainn ri:

- dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri dleasan an fheadhainn a tha clàraichte a thaobh tèarainteachd is glèidheadh fhoillseachaidhean;

<sup>11</sup> Gheibhear mion-fhiosrachaidh mu cheumannan chonnsaidean/thagraidhean air làrach-lìn Foillseachadh Alba: [www.disclosurescotland.co.uk](http://www.disclosurescotland.co.uk).

<sup>12</sup> Pàipear-taice 14, paragraf 12 earrann atharraichte 124 de Achd Droch Eucoir Eagraichte is Poileis 2005.



- dearbhadh gu bheil an fheadhainn a tha clàraichte a' dèanamh an seòrsa tagraidh no iarratais foillseachaidh a tha iomchaidh;
- dearbhadh nach eil fiosrachadh foillseachaidh a tha Foillseachadh Alba a' toirt seachad ga chleachdadh gu mì-chothromach gu dìobhail neach sam bith;
- comhairle a thoirt do dhaoine clàraichte a thaobh deagh chleachdadh ann a bhith a' cleachdadh fiosrachadh foillseachaidh; agus
- aithne fhaighinn air na daoine sin nach eil tuilleadh ag iarraidh a bhith nan co-ainmean-sgrìobhte air tagraidhean no iarrtasan foillseachaidh no bhith a' dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh (is dòcha seach nach eil iad tuilleadh ag obair don bhuidhinn no gu bheil na dleastanasan aca air atharrachadh agus nach eil e na uallach orra a bhith an sàs anns a' phròiseas Foillseachaidh).

**96.** Às dèidh ghearanan fhaighinn bho dhaoine fa leth a tha air an ainmeachadh ann am foillseachadh no bho mhuintir na coimhearsnachd a thaobh dol-a-mach luchd clàraichte no a tha a' faighinn fiosrachadh foillseachaidh, faodaidh Foillseachadh Alba sgrùdaidhean gèillidh a chur air chois air daoine clàraichte a dh'fhaodadh gabhail a-steach tadhal air buidhnean. Dh'fhaodar sgrùdaidhean gèillidh cuideachd an cur air bhonn le iarratas bho neach clàraichte, prìomh ainm-sgrìobhte no co-ainm sgrìobhte eile, ma tha an neach sin a' creidsinn gum faodadh gun deach iad fhèin no cuideigin taobh a-staigh na buidhne aca an-aghaidh a' Chòd. Anns an t-suidheachadh sin, thig Foillseachadh Alba gu co-dhùnadh an dèanar sgrùdadh gèillidh.

**97.** 'S a' chumantas, cuiridh Foillseachadh Alba sgrùdaidhean gèillidh air chois le rèiteachadh ro-làimh. Ach, tha e ann an comas Foillseachadh Alba an leithid a chur air chois gun a bhith ga ainmeachadh. Bheir Foillseachadh Alba seachad aithisgean sgrìobhte, le molaidhean, far a bheil sin iomchaidh, dhaibhsan a bha air an ainmeachadh ann an sgrùdadh gèillidh. Dh'fhaodadh cuideachd gum bi riathanasan àithneil taobh a-staigh na h-aithisg a thèid chun neach clàraichte. Feumar na riathanasan àithneil sin an coileanadh taobh a-staigh amannan aontaichte. Dh'fhaodadh gun cuir Foillseachadh Alba tuilleadh sgrùdaidhean gèillidh air bhonn gus dearbhadh gun deach molaidhean sam bith a chaidh an dèanamh mar thoradh air sgrùdaidhean gèillidh roimhe seo an cur an gnìomh. Ma tha sgrùdadh gèillidh a' nochdadh gun deach eucoir a dhèanamh, cuiridh Foillseachadh Alba fios chun na poileis.

## Dearbh-aithne

### Dearbh-aithne neach fa leth

**98.** Feumaidh luchd-fastaidh a bhith riarachaidh a thaobh dearbh-aithne an fheadhainn a tha a' cur a-steach airson dreuchdan no an fheadhainn a tha nan dreuchdan agus a tha, mar eisimpleir, a' dol a-steach don Sgeama PVG airson a' chiad uair. Ged a chuireas Foillseachadh Alba na deuchainnean dearbh-aithne aca fhèin air bhonn, bu chòir iad sin a bhith a bharrachd air deuchainnean a nì buidhnean is luchd-fastaidh. Ged a bhios clàr aig Foillseachadh Alba de na seòrsachan phàipearan a chaidh fhaicinn airson adhbharan dearbh-aithne, thathar a' moladh gun cùm luchd-fastaidh mion-fhiosrachadh de na deuchainnean dearbh-aithne a rinnear gun fhios nach fheumar tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh le Foillseachadh Alba.

**99.** Bu chòir an fheadhainn a tha a' cur an co-ainm sgrìobhte no a' dearbhadh a thaobh tagraidhean no iarrtasan foillseachaidh a bhith a' brosnachadh an fheadhainn a tha an sàs anns a' phròiseas fastaidh a bhith ag iarraidh fianais sgrìobhte air dearbh-aithne bho dhaoine fa leth. Tha e air iarraidh gum bi trì piosan fiosrachaidh a' cur taic ri dearbh-aithne. Far a bheil sin comasach, bu chòir gum biodh **aon** dhiubh sin le dealbh (mar eisimpleir, cead-siubhail gnàthaichte, cead draibhidh san RA den stoidhle ùr, cairt Young Scot no Cairt Còir Nàiseanta, msaa.). Bu chòir cuideachd aon phàipear fianais le seòladh air a bheil ainm is seòladh an neach agus aon phàipear anns a bheil ceann-là breith an neach, iarraidh. Mura h-eil fianais dealbh ri fhaighinn, bhiodh làn-theisteanas breith le dearbhadh air a' cheann-là breith nas cinntiche na lethbhreac a chaidh a chur a-mach o chionn ghoirid. Ma tha cinnteachd eadar an fhiosrachadh taic agus an fhiosrachadh a thug an neach seachad anns an tagradh aige/aice, tha sin a' toirt seachad barrachd misneachd gu bheil an dearbh-aithne aca ceart.

**100.** Far a bheil neach ag ràdh gun dh'atharraich e no i ainm/a h-ainm às dèidh pòsaidh, dàimhean san lagh chumanta no modh sam bith eile, bu chòir an neach-fastaidh fianais a shireadh a thaobh an leithid de dh'atharrachadh.

**101.** Cha bu chòir gabhail ri teisteanas no clàr foillseachaidh a chuireas Foillseachadh Alba a-mach mar fhianais air dearbh-aithne.

### Daoine fa leth a rugadh taobh a-muigh na RA no a tha air a bhith a' fuireach taobh a-muigh na RA

**102.** Feumar beachdachadh air dà chùis co-cheangailte ri bhith a' cur an dreuchd daoine a rugadh no a tha air a bhith a' fuireach taobh a-muigh na RA: tha a' chiad fhear a' buntainn ri dearbh-aithne an neach agus an dàrna fear ri bhith a' sgrùdadh a' chlàr eucoireach aige/aice.

**103.** A thaobh dearbh-aithne neach fa leth, bu chòir luchd-fastaidh aire shònraichte a thoirt don phròiseas fastaidh, a' dèanamh cinnteach gun sgrùd iad teisteanasan agus gun dèan iad deuchainnean iomchaidh eile mus cur iad an neach an dreuchd. Bu chòir beachdachadh air an fhiosrachadh a tha air a mhìneachadh gu h-àrd, ged a tha seo a' buntainn ri pàipearan cèin. Tha fiosrachadh feumail a thaobh Ionad Airson Dion Fo-structar Nàiseanta (CPNI) air an làrach-lìn a leanas a dh'fhaodadh a bhith na chuideachadh: [www.cpni.gov.uk](http://www.cpni.gov.uk).

**104.** Bu chòir daoine clàraichte fhathast iarraidh deuchainn clàr eucoireach do neach fa leth aig nach eil eachdraidh seòlaidh sam bith, no glè bheag, anns an RA. Ged a dh'fhaodadh e a bhith nach eil mòran luach ann am foillseachadh fhaighinn airson an neach sin, fo Achd 2007 thig an neach gu bhith na bhall den sgeama agus bi ùrachadh leantainneach air fiosrachaidh a bheir dearbhachd nach eil an neach air a thoirmeasg bho obair riaghlaidheach agus nì e cinnteach gun cuirear fios gu neach clàraichte ma dh'atharraicheas suidheachadh toirmeisg.

**105.** Bidh Foillseachadh Alba a' coileanadh an dleastanasan a rèir Achd 1997 agus Achd 2007. Aig an àm seo, chan fhaigh Foillseachadh Alba grèim air fiosrachadh clàr eucoireach a thathar a' cumail taobh a-muigh na Rìoghachd Aonaichte. Tha Riaghaltas na h-Alba ann an co-bhonn ri Riaghaltas na RA a' toirt obair air adhart gus dèanamh comasach fiosrachadh clàr eucoireach a chumar ann an dùthchannan eile, fhaighinn.

**106.** Faodaidh luchd-fastaidh iarraidh air feadhainn a tha gu bhith nan luchd-obrach agus air luchd-obrach gnàthaichte teisteanas clàr Eucoireach, a thoirt seachad, far a bheil sin iomchaidh, bhon riaghaltas no buidheann iomchaidh riaghaltais/poileis anns an dùthaich far an do rugadh iad agus/no far an robh iad a' fuireach. Gheibhear stiùireadh mu bhith faighinn an t-seirbheis seo bhon CRB ann an Sasainn. Gheibhear seo aig: [www.crb.homeoffice.gov.uk](http://www.crb.homeoffice.gov.uk).

**107.** Thathar a' toirt a' bheachd seachad gum bu chòir an uallach a chur air an neach fa leth mion-fhiosrachadh a thoirt seachad mu eachdraidh d'itidh eucoireach bhon dùthaich dachaigheil aca no dùthchannan far an robh iad a' fuireach. Ach, bu chòir a chumail ann an cuimhne gur dòcha gum feumadh iad sin a bhith air an eadar-theangachadh bhon chànan iomchaidh gu Beurla agus dh'fhaodadh gum bi fiosrachadh ann mu eucoirean nach bi co-chosmhail ri eucoirean ann an lagh na h-Alba. Chan eil pàirt aig Foillseachadh Alba idir anns a' phròiseas seo agus feumaidh an neach fa leth no an neach-fastaidh cosgaisean a bharrachd sam bith a phàigheadh. Tha fiosrachadh feumail mu chuid de dhùthchannan cèin air làrach-lìn CPNI.

## Beachdachadh air fiosrachadh a tha taobh a-staigh fhoillseachaidhean

### Feartan don toirear suim ann a bhith a' beachdachadh air fiosrachadh foillseachaidh

**108.** Bu chòir do luchd-solair no luchd-fastaidh beachdachadh air na leanas:

- a bheil an dìteadh no an nì eile a chaidh a nochdadh air an fhoillseachadh iomchaidh don dreuchd air a bheilear a' beachdachadh;
- nàdar an eucoir no an nì/na nithean eile a chaidh fhoillseachadh;
- a bheil an neach air a thoirmeasg bho bhith ag obair le buidhnean so-leònte sònraichte;
- an ùine bho thachair an eucoir no an nì/na nithean iomchaidh eile;
- a bheil pàtran de dhol-a-mach mì-laghail aig an neach fa leth no gnothaichean iomchaidh sam bith eile; agus
- a bheil suidheachadh an neach fa leth air atharrachadh bho thachair an dol-a-mach mì-laghail no an nì/na nithean iomchaidh eile.

**109.** A thaobh Sgeama PVG, tha e na eucoir bho earrann 34 de Achd 2007 do neach fa leth obair riaghlaichte a dhèanamh no fheuchainn ri dhèanamh, bho bheil an neach fa leth air a thoirmeasg. A bharrachd air an sin, tha e mì-laghail fo earrann 35 de Achd 2007 do bhuidheann sam bith (mar a tha sin minichte ann an Achd 2007 tha seo a' gabhail a-steach daoine fa leth a tha an sàs ann an gnìomhachas) obair riaghlaichte a thabhan do dhuine fa leth a tha air a thoirmeasg bhon t-seòrsa obair riaghlaichte sin. Tha Riaghailtean 2010 fo Achd Dion Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007 (Toirt air falbh Daoine Fa leth a tha air an Toirmeasg bho Obair Riaghlaichte) (SSI 2010/244) a' suidheachadh far a bheil buidheann do bheil neach fa leth a' dèanamh obair riaghlaichte a' faighinn fios fo Achd 2007 gu bheil an neach air a thoirmeasg, chan fhaod a' bhuidheann sin cead a thoirt don neach obair riaghlaichte a dhèanamh agus feumaidh iad a thoirt air falbh bhon obair riaghlaichte sin. Tha e mì-laghail do bhuidheann gun a bhith a' cumail ris na Riaghailtean sin. Chan urrainn neach a tha air a thoirmeasg a bhith mar phàirt de Sgeama PVG a thaobh an seòrsa obair riaghlaichte bho bheil iad air an toirmeasg. Mura h-eil neach fa leth air a thoirmeasg, feumaidh a' bhuidheann an uair sin co-dhùnadh a bheil an neach iomchaidh airson na dreuchd.

### Dligheachas fhoillseachaidhean

**110.** Thathar a' meas gu bheil fiosrachadh foillseachaidh ùraichte cho luath 's a chuirear crìoch air na deuchainnean iomchaidh.

**111.** Ma tha a' bhuidheann a' cleachdadh Foillseachaidhean Coitcheann is Meudaichte fo Achd 1997 airson an obair-fastaich aca agus adhbharan ceadachaidh thathar a' moladh gum bu chòir Foillseachadh ùr fhaighinn airson gach neach-obrach ùr no nuair a bhios cuideigin a' gluasad gu dreuchd eile.

**112.** Tha e duilich gum bithear a' dèanamh ùrachadh leantainneach air buill Sgeama PVG agus ma nochdas fiosrachadh sgrùdaidh ùr a chanas gum faodadh iad a bhith mì-iomchaidh airson na h-obrach riaghlaichte co-chosmhail a dhèanamh, cuiridh Foillseachadh Alba ceumannan iomchaidh an-gnìomh. Cumaidh Foillseachadh Alba clàr de dhaoine clàraichte agus de bhuidhnean clàraichte a tha air ùidh fhoillseachadh ann an neach fa leth, mar as trice le bhith a' cur an co-ainm sgrìobhte ri tagradh no iarratas foillseachaidh PVG. Ma thathar a' beachdachadh air an neach fa leth a chur air liosta no a bhith air a thoirmeasg mar thoradh air fiosrachadh sgrùdaidh ùr (no airson adhbhar sam bith eile), thèid fios a chur a-mach ag innse sin gu gach buidheann aig a bheil ùidh. Tha seo a' ciallachadh nach leig na buidhnean sin a leas ath-sgrùdaidhean iarraidh bho àm gu àm air buill Sgeama PVG. Ach, dh'fhaodadh gum biodh cuid de bhuidhnean airson Ùrachaidhean Clàr Sgeama a chleachdadh gus dèanamh cinnteach nach tàinig fiosrachadh sgrùdaidh ùr am follais, a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh don dreuchd shònraichte (leithid dìteadh dràibhidh airson daoine fa leth air a bheil uallach a bhith a dràibheadh chloinne is inbhich dìonta), ged nach buineadh sin do neo-iomchaidheachd ann a bhith ag obair còmhla ri buidhnean so-leònte gu coitcheann.

### Connspaid

**113.** Dh'fhaodadh an neach a tha air ainmeachadh san fhoillseachadh connspaid a thogail le Foillseachadh Alba ma tha e no i a' creidsinn gu bheil fiosrachadh mearachdach ann. Ma tha Foillseachadh Alba riarachaidh, às dèidh sgrùdaidh, gu bheil fiosrachadh mearachdach anns an Fhoillseachadh tùsail cuiridh iad a-mach Foillseachadh ùr. Thèid lethbhreac de dh'Fhoillseachadh Coitcheann no Meudaichte no clàr foillseachaidh PVG a chuirteachadh chun neach a chur co-ainm sgrìobhte ris an tagraidh no an iarratas. Gheibhear làn-fhiosrachaidh de cheumannan connspaid/tagraidh air làrach-lìn Foillseachadh Alba aig: [www.disclosurescotland.co.uk](http://www.disclosurescotland.co.uk).

## A' toirt clàradh gu crìch

### Iarratas bho neach clàraichte no co-ainm sgrìobhte airson a thoirt bhon chlàr

**114.** Ma tha neach clàraichte (a tha na neach fa leth a' fastadh daoine eile mar phàirt de ghnìomhachas) den bheachd nach eil iad tuilleadh dualtach a bhith airson an co-ainmean sgrìobhte a chur air tagraidhean airson Foillseachaidhean Coitcheann no Meudaichte no a bhith a' dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh PVG bu chòir dhaibh iarraidh gun toirear iad bhon chlàr. Bu chòir an leithid sin de dh'iarratas a bhith ga dhèanamh le bhith a' lionadh na pàirtean ionmchaidh den fhoirm Atharrachadh Clàr Foillseachaidh, agus ga chur gu Foillseachadh Alba. Is e buaidh na h-iarratais seo gun tig an clàradh air fad gu crìch.

**115.** A thaobh daoine clàraichte a tha nam buidheann corporra no neo-chorporra, no na neach-dreuchd reachdail, bu chòir iarratas airson neach a thoirt bhon chlàr a chur a-steach le bhith a' lionadh na pàirtean ionmchaidh de fhoirm Atharrachadh Clàr Foillseachaidh. Feumaidh am prìomh ainm-sgrìobhadh ainm a chur ris a' chlàr anns an àite ionmchaidh. Is e buaidh na h-iarratais seo gun tig an clàradh air fad gu crìch.

**116.** Air-leth, faodaidh co-ainm sgrìobhte iarraidh gun tèid a thoirt bhon chlàr. Bu chòir am prìomh ainm-sgrìobhadh ainm a chur ris an t-iarratais seo agus is e buaidh na h-iarratais seo gun tig comas a' cho-ainm sgrìobhte airson a bhith an sàs às leth na buidhne clàraichte sin san àm ri teachd gu crìch.

### Foillseachadh Alba a' toirt air falbh neach clàraichte bhon chlàr

**117.** Faodaidh Foillseachadh Alba neach, a tha ann am beachd Foillseachadh Alba, dualtach gun a bhith ag iarraidh co-ainm sgrìobhte a chur air tagraidhean airson Foillseachaidhean Coitcheann no Meudaichte no a bhith a' dearbhadh a thaobh iarrtasan foillseachaidh PVG, a thoirt bhon chlàr. Mus tèid neach a thoirt bhon chlàr, feumaidh Foillseachadh Alba fios a chur chun duine ann an sgrìobhadh gu bheil iad den bheachd sin, na h-adhbharan airson a' bheachd sin agus feumaidh iad innse don neach gu bheil còir aige fios riochdachaidh a chur a-steach.

**118.** Faodaidh neach sam bith a fhuair an leithid de dh'fhios, taobh a-staigh 28 latha bho fhuair e am fios sin, riochdachadh a chur a-steach ann an sgrìobhadh gu Foillseachadh Alba ag innse carson nach bu chòir an neach a thoirt bhon chlàr agus feumaidh Foillseachadh Alba beachdachadh air an riochdachadh sin.

**119.** Às dèidh dhaibh beachdachadh air an riochdachadh sin, feumaidh Foillseachadh Alba innse don neach clàraichte:

- gu bheil iad den bheachd nach eil an neach sin dualtach a bhith airson co-ainm sgrìobhte a chur ri tagraidhean airson Foillseachaidhean Coitcheann no Meudaichte no a bhith a' cur an cèill a thaobh iarrtasan foillseachaidh PVG agus na h-adhbharan airson a' bheachd sin agus gun tèid an neach sin a thoirt bhon chlàr aig deireadh ùine eile 28 latha; no
- nach eil iad ag iarraidh an còrr a dhèanamh mu dheidhinn.

**120.** Mura h-eil riochdachadh sam bith eile air fhaighinn taobh a-staigh 28 latha, faodaidh Foillseachadh Alba an neach a thoirt bhon chlàr aig deireadh na h-ùine sin. Faodaidh an neach aig àm sam bith às dèidh ùine 28 latha<sup>13</sup> cur a-steach airson a dhol air a' chlàr a-rithist, ma bhios feum, às dèidh a' chis ionmchaidh a phàigheadh.

**121.** Far a bheil Foillseachadh Alba riarachaidh ann an cùis neach clàraichte (a bharrachd air buidheann clàraichte) no neach air an ainmeachadh leotha, gu bheil an neach air bàsachadh no gu bheil e/i eu-comasach airson adhbhar sam bith eile, gu bhith a' cur co-ainm sgrìobhte air tagraidhean airson Foillseachaidhean Coitcheann no Meudaichte no bhith a' dearbhadh co-cheangailte ri iarrtasan foillseachaidh PVG, cha leig iad a leas a dhol tro na ceumannan gu h-àrd agus faodaidh iad an neach sin a thoirt bhon chlàr.

<sup>13</sup> Riaghailt 11(1) de Riaghailtean 2010 fo Achd a' Phoileis 1997 ( Clàran Eucoireach)(Clàradh)(Alba) a' dèanamh solar airson seo.

**Daoine air am meas neo-iomchaidh airson fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn**

**122.** Fo earrann 120A de Achd 1997, faodaidh Foillseachadh Alba diùltadh neach a chur air a' chlàr, no faodaidh iad a thoirt bhon chlàr a chumar fo earrann 120 de Achd 1997 ma tha an clàradh sin, ann am beachd Foillseachadh Alba, dualtach gum bi e comasach gun toirear fiosrachadh seachad (no ma tha fiosrachadh mar-thà air a thoirt seachad) do neach fa leth nach eil na neach iomchaidh airson fiosrachadh fhaighinn. Tha na ceumannan a bu chòir an gabhail nuair a thèid clàradh a dhiùltadh no stad a chur air, air an suidheachadh anns na Riaghailtean Clàraidh aig riaghailt 6<sup>14</sup>.

**123.** Faodaidh neach a fhuair fios mar a thathar air a shuidheachadh anns na Riaghailtean Clàraidh, taobh a-staigh 28 latha bho fhuair e an fhios sin, riochdachadh a dhèanamh ann an sgrìobhadh gu Foillseachadh Alba le adhbharan carson nach bu chòir do dh'Fhoillseachadh Alba an neach sin a chur air a' chlàr no nach bu chòir an neach sin a thoirt bhon chlàr. Beachdaichidh Foillseachadh Alba air an leithid de riochdachadh.

**124.** Às dèidh dhaibh beachdachadh air an leithid de riochdachadh, feumaidh Foillseachadh Alba innse don neach sin:

- gu bheil iad den bheachd gum bu chòir dhaibh diùltadh an neach sin a chur air a' chlàr, no a thoirt bhon chlàr, agus na h-adhbharan airson a' bheachd sin; no
- nach eil iad airson diùltadh an neach sin a chur air a' chlàr, no a thoirt bhon chlàr.

**125.** Mura faigh iad riochdachadh sam bith taobh a-staigh 28 latha, faodaidh Foillseachadh Alba gluasad aig deireadh na h-ùine sin gus diùltadh an neach a chur air, no a thoirt far a' chlàir.

**126.** Ma gheibhear riochdachadh agus gun tig Foillseachadh Alba chun cho-dhùnadh gum bu chòir an neach sin a dhiùltadh bho bhith air a' chlàr, no a thoirt bhon chlàr, is e an ùine taobh a-staigh an tèid an co-dhùnadh sin a chur an-gnìomh deireadh ùine a bharrachd de 28 latha a' tòiseachadh leis an latha a fhuaras dearbhadh gun deach fios mu cho-dhùnaidhean beachdachadh Foillseachadh Alba air an riochdachadh, a libhrigeadh.

**127.** Chan fhaod neach sam bith feuchainn ri fhaighinn air a' chlàr ma tha Foillseachadh Alba, taobh a-staigh dà bhliadhna ron cheann-là air an deach an tagradh fhaighinn leotha, air diùltadh an neach sin a chur air a' chlàr no air an neach sin a thoirt bhon chlàr air sgàth 's gum faodar no gun deach fiosrachadh a thoirt do neach nach robh na neach iomchaidh airson fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn.

**128.** Fo riaghailt 4(3) de na Riaghailtean Clàraidh, faodaidh Foillseachadh Alba diùltadh gabhail ri, no cumail ri, ainmeachadh neach fa leth mar cho-ainm sgrìobhte mura h-eil an neach sin, ann am beachd Foillseachadh Alba, na neach iomchaidh airson fiosrachadh fhaighinn a tha, no a tha dualtach tighinn chun neach sin mar thoradh air clàradh buidheann corporra no neo-chorporra a dh'ainmich an neach sin. Faodaidh Foillseachadh Alba cuideachd diùltadh gabhail ris, no cumail ris, an neach sin a chur air a' chlàr ma tha an clàradh sin dualtach fiosrachadh a chur a-mach gu neach neo-iomchaidh. Tha na ceumannan a bu chòir an gabhail far a bheil clàradh air a dhiùltadh no stad a chur air, suidhichte anns na Riaghailtean Clàraidh aig riaghailt 4.

**129.** Tha e na riatanas fo na Riaghailtean Clàraidh, mus diùlt Foillseachadh Alba no mus cùm iad ri, ainmeachadh neach fa leth feumaidh iad fios a chur ann an sgrìobhadh chun:

- bhuidheann corporra no neo-chorporra no chun neach-dreuchd reachdail iomchaidh, agus faodaidh a' bhuidheann corporra no neo-chorporra no an neach-dreuchd reachdail sin ainm eile a chur a-steach na àite; agus
- neach fa leth ainmichte gu bheil iad den bheachd gum bu chòir dhaibh gabhail ris, no cumail ris, an ainmeachadh aca agus na h-adhbharan airson a' bheachd sin agus feumaidh iad innse don neach sin gu bheil còir riochdachaidh aige/aice.

<sup>14</sup> Riaghailtean 2010 fo Achd a' Phoileis 1997 (Clàran Eucoireach) (Clàradh) (Alba) (SSI 2010/383).

**130.** Faodaidh neach fa leth sam bith a fhuair fios mar a tha sin suidhichte anns na Riaghailtean Clàraidh, taobh a-staigh 28 latha bho fhuair iad am fios sin, riochdachadh a dhèanamh ann an sgrìobhadh gu Foillseachadh Alba le adhbharan carson nach bu chòir do dh'Fhoillseachadh Alba diùltadh gabhail ris no cumail ris an ainmeachadh aca agus beachdaichidh Foillseachadh Alba air riochdachadh den leithid sin.

**131.** Às dèidh dhaibh beachdachadh air an riochdachaidh sin, Feumaidh Foillseachadh Alba innse don neach fa leth ainmichte:

- gu bheil iad den bheachd gum bu chòir dhaibh diùltadh gabhail ris no cumail ri ainmeachadh an neach fa leth sin, agus na h-adhbharan airson a' bheachd sin; no
- nach eil iad airson diùltadh gabhail ri no cumail ri ainmeachadh an neach fa leth sin.

**132.** Mura faighear riochdachadh sam bith taobh a-staigh 28 latha, faodaidh Foillseachadh Alba a dhol air adhart aig deireadh na h-ùine sin le bhith a' diùltadh gabhail ri no cumail ri ainmeachadh an neach fa leth sin.

**133.** Ma gheibhear riochdachadh sam bith agus gun co-dhùn Foillseachadh Alba diùltadh gabhail ri no cumail ri ainmeachadh an neach-fa leth sin, is e an ùine taobh a-staigh an tèid an co-dhùnadh sin a chur an-ghionmh deireadh ùine a bharrachd de 28 latha a' tòiseachadh leis an latha a fhuaras dearbhadh gun deach fios mu cho-dhùnaidhean beachdachaidh Foillseachadh Alba air an riochdachadh, a libhrigeadh.

**134.** Chan fhaod neach fa leth a bhith air an ainmeachadh ma tha Foillseachadh Alba, taobh a-staigh dà bhliadhna ron cheann-là air an deach an tagradh fhaighinn leotha, air diùltadh gabhail ri no cumail ri ainmeachadh an neach sin air sgàth 's nach robh an neach iomchaidh airson fiosrachadh foillseachaidh fhaighinn.

### Diùltadh gabhail ris na dleastanasan a tha sa Chòd agus na Riaghailtean Clàraidh

**135.** Fo earrann 122(3) de Achd 1997, faodaidh Foillseachadh Alba diùltadh Foillseachaidhean a chur a-mach ann an cùisean far a bheil Foillseachadh Alba den bheachd nach eil:

- neach clàraichte a chuir co-ainm sgrìobhte air tagradh airson Foillseachadh Coitcheann no Meudaichte no a dhearbhadh co-cheangailte ri iarratas foillseachaidh PVG air cumail ris a' Chòd; no
- buidheann no neach às leth an do chur an neach clàraichte ainm-sgrìobhaidh ris an tagradh airson Foillseachadh Coitcheann no Meudaichte no a chur an cèill a thaobh iarratas foillseachaidh PVG, air cumail ris a' Chòd.

**136.** Faodaidh Foillseachadh Alba cuideachd diùltadh Foillseachaidhean a chur a-mach ann an cùisean far a bheil Foillseachadh Alba den bheachd nach deach cumail ri cumhachan clàraidh (a tha suidhichte ann an riaghailt 12 de na Riaghailtean Clàraidh). Is iad na cumhachan sin:

- gu feum neach clàraichte a tha na bhuidheann corporra no neo-chorporra prìomh ainm-sgrìobhte a bhith an-còmhnaidh liostaichte sa chlàr.
- gu feum neach clàraichte dèanamh cinnteach gun deach a' chis clàraidh iomchaidh a phàigheadh aig an àm.

**137.** Cha chuirear stad air pròiseas thagraidhean no iarrtasan airson neach clàraichte às aonais sgrùdadh ceart. Thathar a' toirt comhairle do gach neach clàraichte gu bheil eucoirean air an ainmeachadh ann an earrannan 123 is 124 de Achd 1997 (faic Pàipear-taice B) agus earrannan 65 gu 67 de Achd 2007 (faic Pàipear-taice C) a thaobh fiosrachadh a bhith air a sgaoileadh gun chead a chaidh a chur a-mach às dèidh tagradh airson Foillseachadh Coitcheann no Meudaichte no iarratas airson Clàr Sgeama no Ùrachadh Clàr Sgeama, agus a thaobh a bhith a' cur a-steach aithrisean fuadain airson Foillseachaidhean fhaighinn. Ma tha e follaiseach gun deach an lagh a bhriseadh, cuiridh Foillseachadh Alba fios gu na poileis.

**138.** Cuiridh Foillseachadh Alba fios chun neach clàraichte mu bhith a' cur stad air a' chlàradh agus an dearbhachd air a shon.

**139.** Beachdaichidh Foillseachadh Alba, ma dh'iarraas an neach clàraichte, air an allsachd a thogail, ach cha dèan iad sin gus am bi iad riarachd gun cùm an neach clàraichte fhèin gu h-iomlan ris a' Chòd agus ri cumhachan clàraidh. Ma cho-dhùnas Foillseachadh Alba gum bu chòir an allsachd a thogail, cha bhith cosgais sam bith air a' bhuidheann a bharrachd air ma tha iad airson co-ainmean sgrìobhte ainmeachadh no co-ainmean sgrìobhte ùr a chur nan àite.

**140.** A bharrachd air an sin, a' cumail ri earrann 122(4) de Achd 1997, ma tha neach clàraichte, no neach às leth a bheil neach clàraichte air co-ainm sgrìobhte a chur air tagradh no a tha dualtach sin a dhèanamh airson Foillseachadh Coitcheann no Meudaichte, no a rinn no a tha an dùil a nì, dearbhadh a thaobh iarratas foillseachaidh PVG, agus nach do chùm e ris a' Chòd, faodaidh Ministearan na h-Alba an neach clàraichte a thoirt bhon chlàr no cumhachan a chur air an neach sin a thaobh e a bhith a' leantainn air a' chlàr.

### Foillseachaidhean air chall

**141.** Ma chailleas neach clàraichte no neach eile, don toir an neach clàraiche fiosrachadh foillseachaidh, no ma chuireas an neach gu aon thaobh teisteanas foillseachaidh no clàr foillseachaidh, feumaidh an neach clàraichte innse do dh'Foillseachadh Alba sa bhad. Ma thèid iarraidh air, feumaidh an neach sin làn fhiosrachaidh a thoirt seachad mun t-suidheachaidh anns an deach an fhiosrachadh air chall. Ann an suidheachaidhean neo-àbhaisteach beachdaichidh Foillseachadh Alba a bheil no nach eil e iomchaidh Foillseachadh eile a chur a-mach. Dh'fhaodadh gum beachdaichear air call mar bhriseadh air a' Chòd. Feumaidh an neach cuideachd innse don neach a bha air ainmeachadh san fhoillseachadh sa bhad mun chall.

## PÀIPEAR-TAICE A

### Achd Ath-ghnàthachaidh Eucoirich 1974 – Dealbh mu Bhriathran

1. Tha e na amas do Achd Ath-ghnàthachaidh Eucoirich 1974 (ROA) adhartas a thoirt air cothroman cosnaidh dhaoine a chaidh a dhèidh fo chasaid eucoir agus a tha air an dìteadh a chaidh orra a fhrithealadh. Fo bhriathran an ROA, faodar sealltainn air neach sam bith a chaidh a dhèidh air casaid eucoir agus a fhuair binn nas lugha na dà bhliadhna gu leth sa phrìosan mar a bhith air an ath-ghnàthachadh às dèidh ùine ainmichte, fhad 's nach tig dìteadh sam bith eile orra tron ùine sin. Às dèidh an ùine ainmichte bhathar den bheachd gu robh an dìteadh tùsail air a chaitheamh. Tha atharrachadh san ùine seo eadar ath-ghnàthachaidh sa bhad agus 10 bliadhna a rèir an seòrsa binn. 'S a' chumantas, tha an ROA ag ràdh nach tig air neach dìteadh a chaidh a chaitheamh foillseachadh nuair a thèid foighneachd dha mu dheidhinn dìtidhean eucoir roimhe seo, agus chan urrainnear sin a chur an-aghaidh neach ath-ghnàthaichte ma thig an dìteadh a chaidh a chaitheamh gu follais san àm ri teachd. Chan eil an ROA a' buntainn ri binn prìosain sam bith a tha nas fhaide na 30 mìosan agus chan urrainn dìteadh mar sin a chaitheamh gu bràth. Mar sin thèid am foillseachadh an-còmhnaidh le Foillseachadh Alba.

2. Ach, tha cuid de raointean obrach do nach buin an ROA agus a thaobh cuid de dhìtidhean a bhiodh air am mineachadh air an caitheamh, feumaidh iad fhathast a bhith air am foillseachadh. Faodar a bhith a' faicinn na raointean obrach sin mar a bhith air an "toirmeasg" bho bhriathran an ROA a leigeas le eucoireach gun a bhith a' foillseachadh dìtidhean air an caitheamh ann a bhith a' freagairt cheistean. Leigidh an ROA le liosta de thoirmeasgan a bhith air an ainmeachadh ann am fo-reachdas.

3. Nuair a tha Achd 1997 a' toirt iomradh air a bhith a' foighneachd "cheistean saora", tha sin a' ciallachadh a bhith a' foighneachd cheistean air neach fa leth a thaobh dìtidhean a chaidh an caitheamh ann an suidheachaidhean far a bheil buaidhean àbhaisteach an ROA (suidhichte ann an earrann 4(2)(a) no (b) den ROA) air an saoradh le Òrdugh a rinnear le Ministearan na h-Alba. Aig an àm seo is e suidheachadh lagha na h-Alba (aig an àm a chaidh an Còd seo foillseachadh) a thaobh chùisean saoraichte bho earrann 4(2)(a) no (b) den ROA Òrdugh 2003 fo Achd Ath-ghnàthachaidh Eucoirich 1974 (Saoradh is Cur air Thaobh) (Alba) (SSI 2003/231) (mar a chaidh atharrachadh)<sup>15</sup>.

4. Ann an Achd 2007, chan eil iomradh sònraichte ann a thaobh foighneachd "ceist shaor". Ach, thathar a' meas ma thèid ceist a chur air neach a thaobh dìtidhean roimhe seo airson beachdachadh air iomchaidheachd an neach sin airson obair riaghlaidhe (agus beachdachadh air iomchaidheachd an neach airson gin de na h-adhbharan an dàimh eile a tha air ainmeachadh ann an Achd 2007) gu bheil sin a' ciallachadh gu bheil a' foighneachd cheist saor oir is an seòrsa dreuchdan den leithid sin a tha air an saoradh bho bhriathran an ROA le atharrachaidhean a rinnear air Òrdugh 203. Tha ceanglaichean gu Òrdugh Saoraidh is Cur air Thaobh den ROA agus na h-Òrdughan atharrachaidh iomchaidh rim faighinn air duilleag "Foillseachaidhean" làrach-lìn Foillseachadh Alba aig: [www.disclosurescotland.co.uk](http://www.disclosurescotland.co.uk) fon tiotal "Reachdas".

<sup>15</sup> Air a thoirt a-steach, airson adhbharan Sgeama PVG agus adhbharan ceangailte, le Òrdugh Atharrachaidh 2010 fo Achd Ath-ghnàthachaidh Eucoirich 1974 (Saoradh is Cur air Thaobh) (Alba) (SSI 2010/243).



## Eucoirean: Achd a' Phoileis 1997

### PÀIPEAR-TAICE B

**Nòta:** Tha am Pàipear-taice seo a' sealltainn na h-eucoirean a tha suidhichte ann an Achd 1997. Ma tha feum agaibh air tuilleadh fiosrachaidh mu na h-eucoirean, thathar a' moladh gum bi luchd-fastaidh agus Daoine Clàraichte a' sireadh chomhairle proifeasanta. Tha na leanas air a thogail bho earrann 124 de Achd 1997.

#### Eucoirean - foillseachadh

**1.** Bidh ball, oifigear no neach-obrach buidheann a tha clàraichte fo earrann 120 a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas e fiosrachadh a fhuair e mar thoradh air tagradh fo earrann 113A no 113B mur a foillsich e sin, mar phàirt den dreuchd aige –

(a) do bhall eile, oifigear no neach-obrach den bhuidheann clàraichte,

(b) do bhall, oifigear no neach-obrach de bhuidheann a dh'iarr air a' bhuidheann clàraichte an co-ainm sgrìobhte a chur ris an tagradh, no

(c) do neach fa leth a dh'iarr air a' bhuidheann clàraichte an co-ainm sgrìobhte a chur ris an tagradh iomchaidh.

**2.** Far a bheil fiosrachadh ga thoirt seachad fo earrann 113A no 113B às dèidh tagradh a chaidh a-steach le co-ainm sgrìobhte mar thoradh air iarratas bho bhuidheann nach eil clàraichte fo earrann 120, bidh ball, oifigear no neach-obrach na buidhne a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas e an fhiosrachadh, ach a-mhàin ma dh'fhoillsicheas e an fhiosrachadh, mar phàirt den obair aige, gu ball, oifigear no neach-obrach eile den bhuidheann sin.

**3.** Far a bheil fiosrachadh ga thoirt seachad fo earrann 113A no 113B às dèidh tagradh ris an deach co-ainm sgrìobhte a chur às dèidh iarratas bho neach fa leth –

(a) bidh an neach fa leth a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas e an fhiosrachadh, ach a-mhàin ma dh'fhoillsicheas e sin do neach-obrach a th' aige airson adhbharan dleastanais an neach-obrach, agus

(b) bidh neach-obrach an neach fa leth a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas e an fhiosrachadh, ach a-mhàin ma dh'fhoillsicheas e sin do neach-obrach eile aig an neach fa leth, mar phàirt den obair aige.

**4.** Far an deach fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad fo earrann 113A no 113B fhoillsicheadh gu neach eile agus gum biodh an fhiosrachadh air fhoillseachadh do neach fa leth agus gu bheil am foillseachadh –

(a) na eucoir fon earrann seo, no

(b) gum biodh e na eucoir fon earrann seo ach a-mhàin air sgàth fo-earrann (5) no (6)(a), (d), (e) no (f), bidh an neach don deach an fhiosrachadh a thoirt a' dèanamh eucoir (le aire do dh'earrannan (5) agus (6)) ma dh'fhoillsicheas e sin do neach sam bith eile.

**5.** Chan eil fo-earrannan (1) gu (4) a' buntainn ri foillseachadh de dh'fhiosrachaidh a chaidh a thoirt seachad fo earrann 113B(5) a thathar a' dèanamh le cead sgrìobhte an àrd-oifigear a thug seachad an fhiosrachadh.

6. Chan eil fo-earrannan (1) gu (4) a' buntainn ri foillseachadh de dh'fhiosrachaidh a tha taobh a-staigh teisteanas fo earrann 113A no 113B a chaidh a dhèanamh –

- (a) le cead sgrìobhte tagraiche an teisteanais, no
- (b) gu roinn riaghaltais, no
- (c) gu neach a chaidh a chur ann an dreuchd mar thoradh air reachdas sam bith, no
- (d) a rèir dleastanas fiosrachadh a thoirt seachad fo no mar thoradh air reachdas sam bith, no
- (e) airson adhbharan ceist shaor a fhreagairt (taobh a-staigh na tha earrann 113A a' ciallachadh) de sheòrsa a tha ainmichte ann an riaghailtean a chaidh an dèanamh le Rùnaire na Stàite, no
- (f) airson adhbhar sam bith eile a chaidh ainmeachadh ann an riaghailtean a chaidh an dèanamh le Rùnaire na Stàite.

7. Bidh neach a tha cionntach de eucoir fon earrann seo dualtach às dèidh gearr-dhìteadh binn prìosain fhaighinn airson ùine nach bi nas fhaide na sia mìosan no càin nach bi nas motha na ìre 3 air an ìre choitcheann, no gach cuid.

### Tha na leanas air a chuimseachadh bho earrann 123 de Achd 1997

#### Eucoirean - Breugnachadh, msaa.

A bharrachd air eucoirean a tha mar thoradh air foillseachadh neo-iomchaidh air fiosrachadh foillseachaidh, tha eucoirean eile ann a tha a' buntainn ri tagraichean no co-ainmean sgrìobhte a bheir seachad fiosrachadh breugach fo Pàirt V de Achd 1997.

1. Bidh neach, anns an t-suidheachadh sin, a' dèanamh eucoir ma nì iad, le rùn meallaidh:

- (a) teisteanas breugach a chruthachadh,
- (b) atharrachadh air teisteanas,
- (c) cleachdadh teisteanas a bhuineas do neach eile a tha a' toirt a' chreidsinn gum buin e riutha, no
- (d) leigeil le teisteanas a bhuineas dhaibhsan a bhith air a chleachdadh le neach eile ann an dòigh a tha a' toirt a' chreidsinn gum buin e ris nan neach sin.

2. Bidh neach a' dèanamh eucoir ma nì iad, le eòlas, aithris bhreugach airson adhbharan teisteanas fhaighinn, no leigeil le neach eile teisteanas fhaighinn.

3. Bidh neach a tha cionntach de eucoir fon earrann seo dualtach às dèidh gearr-dhìteadh binn prìosain fhaighinn airson ùine nach bi nas fhaide na sia mìosan no càin nach bi nas motha na ìre 5 air an ìre choitcheann, no gach cuid.

## PÀIPEAR-TAICE C

### Eucoirean: Achd Dìon Bhuidhnean So-leònte (Alba) 2007

**Nòta:** Tha am Pàipear-taice seo a' sealltainn na h-eucoirean a tha suidhichte ann an Achd 2007. Ma tha feum agaibh air tuilleadh fiosrachaidh mu na h-eucoirean, thathar a' moladh gum bi luchd-fastaidh agus Daoine Clàraichte a' sireadh chomhairle proifeasanta. Tha na leanas air a thogail bho earrann 65 de Achd 2007

(1) Tha e na eucoir do neach, le rùn meallaidh —

(a) pàipear a chruthachadh a tha a' cuir roimhe gur e clàr foillseachaidh a th' ann,

(b) clàr foillseachaidh atharrachadh,

(c) cleachdadh, no leigeil le neach eile cleachdadh, clàr foillseachaidh ann an dòigh a tha a' toirt a chreidsinn gu bheil sin a' buntainn ri neach fa leth a bharrachd air an neach sgeama a thaobh a chaidh fhoillseachadh.

(2) Tha e na eucoir do neach a nì dearbhadh no aithris eile a tha breugach no seachranach airson adhbharan —

(a) faighinn, no dèanamh comasach do neach eile faighinn, clàr foillseachaidh, no

(b) sàsachadh Ministearan gu bheil neach fa leth a tha an sàs ann an obair riaghlaidhe nach eil ga dhèanamh.

#### Tha na leanas air a thogail bho earrann 66 de Achd 2007

(1) Bidh neach don deach fiosrachadh foillseachaidh a thoirt fo earrannan 51, 52, 53 no 54 a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas an neach e do neach sam bith eile.

(2) Cha bhi neach a' dèanamh eucoir fo fo-earrann (1) ma bhios e a' foillseachadh fiosrachaidh —

(a) do neach-obrach an neach fhèin,

(b) far nach e neach fa leth a th' anns an duine, do bhall no oifigear an duine, no

(c) far an deach am foillseachadh a dhèanamh airson adhbharan comais no taic do neach eile beachdachadh air iomchaidheachd ball sgeama sin a dhèanamh, no obair riaghlaidhe fhaighinn no a bhith air a thabhann —

(i) don neach eile sin,

(ii) do neach-obrach sam bith bhon neach eile sin, no

(iii) far nach eil an neach eile sin na neach fa leth, do bhall no oifigear an duine eile sin.

(3) Bidh neach fa leth don deach fiosrachadh foillseachaidh a thoirt gu laghail fo fo-earrann (2)(a) no (b) no (4)(a) a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas an neach sin e do neach sam bith eile.

(4) Cha bhi neach fa leth a' dèanamh eucoir fo fo-earrann (3) le bhith a' foillseachadh an fhiosrachaidh foillseachaidh, mar phàirt de dhleastanas an neach —

(a) do neach fa leth sam bith eile a tha na bhall, oifigear no neach-obrach aig an neach don deach an fhoillseachadh co-chosmhail a dhèanamh fo earrann 52, 53 no 54, no

(b) far an deach an fhoillseachadh a dhèanamh airson adhbharan comais no cuideachaidh neach eile beachdachadh air iomchaidheachd ball sgeama sin a dhèanamh, no obair riaghlaidheachd fhaighinn no a bhith air a thabhann —

(i) don neach eile sin,

(ii) do luchd-obrach sam bith aig an neach sin, no

(iii) far nach eil an neach eile sin na neach fa leth, do bhall no oifigear an duine eile sin.

**(5)** Bidh neach fa leth don deach fiosrachadh foillseachaidh a thoirt gu laghail fo fo-earrann (2)(c)(i) no (4)(b)(i) a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas an neach sin e do neach sam bith eile.

**(6)** Cha bhith duine a bhith a' dèanamh eucoir fo fo-earrann (5) le bhith a' foillseachadh fiosrachaidh foillseachaidh —

(a) do neach-obrach sam bith bhon neach eile sin, no

(b) far nach eil an neach eile sin na neach fa leth, do bhall no oifigear an duine eile sin..

**(7)** Bidh neach fa leth don deach fiosrachadh foillseachaidh a thoirt gu laghail fo fo-earrann (2)(c)(ii) no (iii), (4)(b)(ii) no (iii) no (6) a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas an neach sin e do neach sam bith eile.

**(8)** Cha bhi neach fa leth a' dèanamh eucoir fo fo-earrann (7) le bhith a' foillseachadh fiosrachaidh foillseachaidh, mar phàirt de dhleastanasan an neach, do neach fa leth sam bith eile a tha na bhall, oifigear no neach-obrach don neach mun deach an fhoillseachadh co-chosmhail a dhèanamh fo earrann 52, 53 no 54.

**(9)** Bidh neach don deach fiosrachadh foillseachaidh a thoirt gu mì-laghail a' dèanamh eucoir ma dh'fhoillsicheas an neach sin e do neach sam bith eile.

### **Tha na leanas air a thogail bho earrann 67 de Achd 2007**

**(1)** Tha e na eucoir iarraidh cur a-steach airson no ann an dòigh sam bith sùil fhaighinn air, clàr foillseachaidh airson adhbhar sam bith ach a-mhàin adhbhar ceadaichte.

**(2)** Tha e na eucoir fiosrachadh foillseachaidh a chleachdadh airson adhbhar sam bith ach a-mhàin adhbhar ceadaichte.

**(3)** Is e an adhbhar ceadaichte leigeil le no taic a thoirt do neach ("Z") beachdachadh air iomchaidheachd neach fa leth dom buin a' chlàr no an fhiosrachadh —

(a) an seòrsa obair riaghlaidheachd dom buin an clàr foillseachaidh a dhèanamh, no a thabhan dha no a thoirt dha, no

(b) an seòrsa obair riaghlaidheachd ann an suidheachadh sònraichte a dhèanamh airson neach sam bith ach a-mhàin Z a' cumail ri rèiteachadh mu bheil seirbheisean air a sholarachadh do Z.

**(4)** Far a bheil iomradh ann am fo-earrann (1) air clàran foillseachaidh chan eil sin a' toirt a-steach iomradh air fiosrachadh a tha taobh a-staigh chlàran foillseachaidh.

### **Tha na leanas air a thogail bho earrann 69 de Achd 2007**

Bidh neach a tha cionntach de eucoir fo earrann 65, 66 no 67 gu h-àrd dualtach às dèidh geàrr-dhiteadh binn prìosain fhaighinn airson ùine nach bi nas fhaide na 6 mìosan no càin nach bi nas motha na ìre 3 air an ìre choitcheann, no gach cuid.